



Aithisg bhliadhnail & aithris nan cunntasan
Annual report & statement of accounts

2021/2022



Lèirsinn

- ✗ Ruigidh na meadhanan Gàidhlig 1 millean neach gach seachdain
- ✗ Bidh na meadhanan Gàidhlig a' ruighinn agus a' dol an sàs le luchd-cleachdaidh òga
- ✗ Bidh na meadhanan Gàidhlig a' tarraing agus a' toirt taic do suas ri 250,000 luchd-cleachdaidh ùra na Gàidhlig

Vision

- ✗ Gaelic media will reach 1 million people a week
- ✗ Gaelic media will reach and engage younger audiences
- ✗ Gaelic media will attract and support up to 250,000 new users of Gaelic

Rùn

- ✗ Gàidhlig tro na meadhanan, anns gach àite, airson gach neach

Mission

- ✗ Gaelic for everyone, wherever you are

Luachan

- ✗ **Cruthachalachd** – tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig
- ✗ **Luchd-Amhairc** – tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc
- ✗ **Àrd-amas** – tha sinn ag amas air agus a' libhrigeadh sàr-mhathas
- ✗ **Co-bhanntachd** – tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh
- ✗ **Spèis** – tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach

Values

- ✗ **Creativity** – we enable the creation of high-quality Gaelic content
- ✗ **Audience** – we are informed and inspired by our audience
- ✗ **Ambition** – we strive for and deliver excellence
- ✗ **Partnership** – we achieve through collaboration
- ✗ **Respect** – we listen; we encourage; we are fair



30 June 2022

Lord Grade
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Lord Grade

Annual Report and Accounts

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnail Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2022.

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2022.

Le dùrachd

Allan MacDonald
CHAIR

Clàr-innse

Teachdaireachd a' Chathraiche	6
Lèirmheas an Àrd-Oifigeir	10
Lèirmheas Ghnìomhan & Ghnothaichean	16
Prìomh Chomharran Dèanadais	24
Lèirmheas BBC ALBA	26
Lèirmheas Leasachaidh	46
Aithris Riaghlaidh	50
Aithrisean ionmhasail airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2022	54
Tuilleadh Fiosrachaidh	104
Luchd-obrach	106
Am Bòrd	110

Contents

Chair's Message	7
Chief Executive's Review	11
Activities & Business Review	17
Key Performance Indicators	25
BBC ALBA Review	27
Development Review	47
Governance Statement	51
Financial Statements for the year ended 31 March 2022	55
Additional Information	104
Staff	106
Board	110



Teachdaireachd a' Chathraiche

Tha lèirsinn aig MG ALBA airson an àm ri teachd a thaobh nam meadhanan Gàidhlig agus tha e soilleir mu na h-atharrachaidhean reachdail agus seilbheachd a dh'fheumar airson seo a choileanadh. San Dùbhlachd dh'fhoillsich sinn *Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig* a chuir an cèill na buannachdan mòra cultarail a dh'fhaodadh a thighinn gu bith. Tha a' bhuidhe dhèimhinneach agus fharsaing eaconamach a tha aig na meadhanan Gàidhlig a chaidh cuideachd fhoillseachadh san aithisg a dhearbhadh a-rithist ann an sgrùdadh neo-eisimeileach a chaidh a choimiseanadh bho Ekos a sheall reata ais-thilleadh làithreach de £1.34 airson gach £1 a tha air a chur an seilbh sna meadhanan Gàidhlig. Tha seo ga thaisbeanadh fhèin ann an 340 obraichean, le 160 dhiubh sin sna h-Eileanan an Iar agus san Eilean Sgitheanach. Tha e soilleir gur e maoin nàiseanta a tha sna meadhanan Gàidhlig – cothrom ann an amannan doirbh gus buannachdan mòra eaconamach, cultarail agus coimhearsnachd a libhrigeadh.

Aig an àm sa bheil sinn a' sgrìobhadh na h-aithisg seo tha sinn air iomraidhean cudromach a thaobh nam meadhanan Gàidhlig fhaighinn ann am Pàipear Geal Craolaidh Riaghaltas na RA airson Bile nam Meadhanan agus tha mi a' toirt taing don h-uile neach a tha air taic a thoirt dhuinn san obair seo. Feumaidh sinn a-nise oidhirp a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil na builean riatanach air an libhrigeadh an uair a bhios an reachdas a' gluasad tron phròiseas agus leanaidh sinn oirnn a bhith an sàs leis an Roinn Didseatach, Cultar, Meadhanan & Spòrs ann a bhith a' coileanadh ar n-amasan. Bidh sinn cuideachd a' dol an sàs leotha a thaobh an cuid obrach air sgrùdadh meadhan-teirm Cead Craolaidh a' BhBC a bhios a' cuimseachadh air ullachaidhean riaghlaidh agus reachdais, raointean cudromach a bhios a' toirt buaidh air a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean do luchd-amhairc na Gàidhlig.

Bidh sinn cuideachd a' leantainn oirnn a' cur cuideam air Riaghaltas na h-Alba mun fheum a tha ann an t-àm ri teachd airson nam meadhanan Gàidhlig a dhèanamh tèarainte le modail maoineachaidh fad-ùine agus

àrdaichte air a dheilbh gus cumail suas ri na buaidhean lagachaidh mar thoradh air meudachadh san atmhòrachd anns a' ghnìomhachas craolaidh. Feumaidh seo a bhith air a libhrigeadh tron lèirmheas cosgais trì bliadhna a tha romhainn. Nam biodh maoineachadh MG ALBA air cumail an àirde ris an atmhòrachd on chaidh BBC ALBA a stèidheachadh ann an 2008, bhiodh ar bun-mhaoineachaidh airson na bliadhna seo mu £20 millean seach an dearbh ìre aig a bheil e de £12.8 millean – ìre aig a bheil e air stad fad nan còig bliadhna a chaidh seachad.

Tha dùbhlann ro na meadhanan Gàidhlig a bhith a' tabhann seirbheis fharsaing do gach neach-amhairc, a' gabhail a-steach seirbheis a bhios a rèir an luchd-amhairc as òige gu sònraichte, a' cruthachadh ceann-uidhe dhaibh a dh'fheumar a lorg agus iad a' sireadh cur-seachad ioma-mheadhain. Tha fàs 78% ann an amharc susbaint cruth-goirid a' comharrachadh gu bheil ar luchd-amhairc a' leantainn nan treandan ann a bhith a' sireadh susbaint ioma-ùrlair. Ach, tha an earbsa mhòr a tha a' leantainn air adhart a thaobh susbaint a tha air ath-chraoladh na rabhadh



1

air dè a tha ro BBC ALBA mur a tèid dian-ghnìomh a choileanadh. Tha ruigsinneachd iPlayer BBC ALBA a' call a-mach an uair a tha ruigse air iarrrtas a' meudachadh. Tha seo a' comharrachadh easbaidhean ann an ìrean susbaint ùr agus beò a tha a' tarraing luchd-amhairc gu iPlayer. Feumaidh sinn cuideachd factoradh a-steach an dùbhlann de mheadhachadh san t-susbaint a tha ri fhaotainn chan ann a-mhàin air na sruthadairean mòra mar Netflix agus Disney ach an eagrachadh farsaing de shusbaint, bho stuth a tha air ullachadh gu proifeiseanta gu stuth a tha air a chruthachadh le neach-cleachdaidh, agus ri fhaotainn air ùrlaran mar TikTok agus YouTube.

Chair's Message

MG ALBA has a vision for the future of Gaelic media and is clear on the legislative and investment changes required for achieving this. In December we published *Lèirsinn: A Route Map for Gaelic Media* which outlined the enormous cultural benefits which can be realised. The positive and wide-ranging economic impact of Gaelic media also shown in the report was later affirmed in an independent study commissioned from Ekos which showed a current rate of return of £1.34 for every £1 invested in Gaelic media. This manifests itself in 340 jobs, with 160 of these in the Western Isles and Skye. Gaelic media is clearly a national asset – an opportunity in difficult times to deliver significant economic, cultural and community benefits.

At the time of writing this report we have achieved important references to Gaelic media in the UK Government's Broadcasting White Paper for the Media Bill and I thank everyone who has supported us in this work. We must now seek to ensure that the necessary outcomes are delivered as legislation moves through process and we will continue to engage with the Department of Digital, Culture, Media & Sport in achieving our aims. We will also be engaging with them on their work on the mid-Charter Review of the BBC which will focus on governance and regulatory arrangements, important areas which impact on the delivery of services for Gaelic viewers.

We also continue to impress upon the Scottish Government the need to secure the future of Gaelic media with a long-term and enhanced funding model designed at the very least to keep pace with the debilitating effects of increasing inflation in the broadcasting industry. This needs to be delivered through the pending three-year spending review. Had MG ALBA's funding kept pace with inflation since the inception of BBC ALBA in 2008, our core funding this year would be in the region of £20 million as opposed to the actual level of £12.8million – a static subvention for the last five years.

Gaelic media is challenged to offer a wide-ranging service to all audiences,

including one that will engage with our younger viewers in particular,



2





Tha ar com-pàirteachas leis a' BhBC làidir aig ìre obrachaidh, agus tha an dà bhuidhinn rim moladh airson am pàirt a chluich iad san iomadh soirbheachas sa bheil iad air a bhith an sàs. Tha am Bòrd againn air leth toilichte gu bheil adhartas ann air an t-slighe gu Àrd Dheifinisean (HD) leis gu bheil seo air a bhith a' cur bacadh air fèin-fhiosrachadh luchd-amhairc agus faodar a bhith air àireamhan luchd-amhairc. Ach a dh'aindeoin sin, tha fhathast adhartas cudromach ri dhèanamh a thaobh a bhith a' lorg BBC ALBA, le feum dha-rìribh air a bhith a' tar-adhartachadh susbaint thar ùrlaran a' BhBC, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a faicinn mar phrìomh eileamaid de theaghlach a' BhBC ann an Alba, agus a' coileanadh an t-sochair as motha bhon chàirdeas sin.

Ach, feumar aithneachadh gu bheil feum ann an dèidh ceithir bliadhna deug agus sealladh-tìre craolaidh a tha ag atharrachadh gu dràmach, a bhith ag ath-bheothachadh a' chom-pàirteachais ro-innleachdail a tha a' libhrigeadh a' mhodail làithreach a tha air a cho-roinn leis a' BhBC. Tha sinn gu mòr a' cur fàilte air a' chùis gu bheil cumhaichean iomraidh air an aontachadh an dà chuid le Bòrd a' BhBC agus le Bòrd MG ALBA mar bhun-stèidh airson làirmheas air com-pàirteachas air a bheil droch fheum gus ullachadh airson àm ri teachd dùbhlach. Bidh bun-stèidh ar modh-obrach a rèir is mar a tha air a mhìneachadh nar *Lèirsinn*. An dèidh ceud bliadhna, chan eil mi a' faicinn agus cha mhotha a bu mhiann leam a bhith an sàs ann an àm ri teachd gun am BBC a bhith na lùib, ach feumaidh na còmhraidhean dearbhadh a bheil sinn a' dol a ghluasad air adhart leis a' BhBC mar *chom-pàirtiche* èifeachdach no



mar *cho-thabhartaiche* ri seirbheis a dh'fhaodadh a bhith na chom-pàirteachas nas coltaiche ris na modailean a chaidh gabhail riutha ann an Èirinn agus sa Chumrigh le TG4 agus S4C.

Is e seo fòcas Bòrd MG ALBA dha bheil mi a' toirt taing airson an dealas agus an saothair. Tha mi a' toirt taing shònraichte do Donaidh MacAmhlaidh, a bha ron seo na Chathraiche air ar Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhaidh, a bhios a' crìochnachadh a theirm le MG ALBA sa Ghiblean an dèidh ochd bliadhna a thoirt dhan t-seirbheis. Taing cuideachd do Iain Stephen Moireasdan, a bha ron seo na Chathraiche air ar Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean a tha a' fàgail a' bhùird an dèidh seachd bliadhna gus a dhol an sàs ann an cothroman proifeiseanta sna meadhanan. Tha iad air cur gu mòr is gu luachmhor ri obair MG ALBA.

Air mo shon fhèin, is e seo an Aithisg Bhliadhnail mu dheireadh agam mar Chathraiche MG ALBA leis gum bi mo theirm ceithir bliadhna a' tighinn gu ceann aig deireadh na bliadhna seo. Tha e air a bhith na urram agus na shochair dhomh a bhith nam Chathraiche, agus tha mi an dòchas gun tèid gu math dhan neach a thig às mo dhèidh. Airson an t-sàsachadh a fhuair mi nam chuid obrach bu

mhath leam taing a thoirt don Bhòrd agam agus don luchd-obrach a tha agus a bha ann, an gnìomhachas solair, com-pàirtichean on taobh a-muigh agus an luchd-amhairc. Tha mi cuideachd a' toirt taing do bhuill, oifigearan agus luchd-comhairleachaidh an Riaghaltais, a thuilleadh air luchd-pàrlamaid airson an taic do dh'obair MG ALBA.

A thaobh nan dùbhlain a tha rin rèiteachadh fhathast, fàgaidh mi leis a h-uile misneachd gum bi an rèite, an dealas agus an tàlant a tha ann an co-obrachean MG ALBA aig a h-uile ìre (mar a chì sibh san aithisg bhliadhnail seo) mar bhrosnachadh agus mar spionnadh do ar luchd-ùidh com-pàirteachais cultarail a thighinn ri chèile mar chùis èiginn gus dòighean inntinneach agus èifeachdach a dheilbh a thaobh a bhith a' libhrigeadh àm ri teachd didseatach airson na 21mh linn. Gu dearbh is e dìthean air leth brisg a tha ann an craoladh Gàidhlig san t-saoghal mòr iomadh billeann nota a tha aig cànan na Beurla. Is e an t-aon sheirbheis de sheòrsa san t-saoghal. An cois sin tha dleasan air leth agus uallach air an fheadhainn againn a tha an urra ris a bhith a' dèanamh eadar-ghluasadan iongantach gus an cànan agus an cultar a bhrosnachadh agus a bheathachadh.

Mile taing dhuibh uile!



creating a must-find destination for them as they seek multiplatform entertainment. A 78% growth in short form content views demonstrates that our viewers are following the trends in seeking multiplatform content. However, the continuing heavy reliance on repeat content is a warning of what lies ahead of BBC ALBA if urgent action is not taken. BBC ALBA's iPlayer reach is losing ground when on demand reach is increasing. This points to deficiencies in levels of new and live content which attracts viewers to iPlayer. We also have to factor-in the challenge of increased content available not just on the big streamers like Netflix and Disney but the wide array of content, from professionally produced to user generated, available on platforms such as TikTok and YouTube.

Our partnership with the BBC is robust at an operational level,

and both organisations are to be commended for playing their part in their many successes. Our Board is delighted that there is progress on the journey to HD as this has been hampering viewer experience and no doubt impacting viewer numbers. There is still, however, significant progress to be made in terms of discoverability of BBC ALBA, with a real need for cross-promotion of content across BBC platforms, ensuring that Gaelic is seen to be a core element of the BBC family in Scotland, and achieving maximum benefit from that relationship.

However, it must be acknowledged that there is a need after fourteen years and a dramatically changing broadcasting landscape, to revitalise the strategic partnership which delivers the current model shared with the BBC. We very much welcome the fact that terms of reference have been agreed by both the Board of the BBC and by the Board of MG ALBA as a basis for a much-needed partnership review to prepare for a challenging future. The core of our approach will be as outlined in our *Leirsinn*. After one hundred years, I don't foresee nor would I wish a future without an involvement from the BBC, but the talks need to resolve whether we move forward with the BBC as an effective *partner* or as a *contributor* to a potential partnership service more akin to the models adopted in Ireland and Wales by TG4 and S4C.

This is the focus of the Board of MG ALBA whom I thank for their commitment and hard work. I say a special thanks to Donnie MacAulay, a former Chair of our Audit and Assurance Committee, who finishes his term with MG ALBA in April after

dedicating eight years to the service. Thanks also to Iain Stephen Morrison, a former Chair of our Content, Skills and Engagement Committee, who is leaving the board after seven years to pursue professional opportunities in the media sphere. Their contribution to the work of MG ALBA has been significant and invaluable.

For my own part, this will be my last Annual Report as Chair of MG ALBA with my four-year term of office concluding at the end of this year. It has been an honour and a privilege to serve as Chair, and I wish my successor well. For the satisfaction I have been given in my work I have to thank my Board and staff colleagues past and present, the supply industry, external partners and the viewers. I also thank Government members, officials and advisors, as well as parliamentarians for their support of the work of MG ALBA.

As to the challenges which remain unresolved, I will leave with every confidence that the resolution, commitment and talent that permeates MG ALBA colleagues at all levels (as you will see in this annual report), will encourage and energise our economic and cultural partner stakeholders to come together as a matter of urgency to devise imaginative and effective ways of delivering a 21st century digital future. Gaelic broadcasting is a fragile flower indeed in a multi-billion pound English language landscape. It's the only service of its kind in the world. With that comes an exceptional duty and responsibility of making remarkable interventions to sustain and grow the language and culture on those of us charged with its care.

Mile taing dhuibh uile!

Lèirmheas an Àrd-Oifigeir

Bha a' bhliadhna ionmhais gu 31 Màrt 2022 na bliadhna coileanaidh aig àm buairesach.

B' e seo an dàrna bliadhna san robh mòran dhaoine ag obair aig astar. Bha na dùbhlain diofraichte bhon fheadhainn a bh' ann a' chiad bhliadhna, a' gabhail a-steach sgìths agus a' fighe co-obrachachan ùra a-steach dhan ghnòthachas. Bha sinn air leth toilichte molaidhean fhaighinn bho Chreideas nar Cosnaichean agus An t-Àite As Fheàrr a bhith ag Obair ann an Craoladh ach bha sinn air leth mothachail gun robh mòran dhaoine a' fèin-fhiosrachadh dùbhlain pearsanta agus proifeiseanta.

Dh'fhiosraich sinn atmhorachd mhòr san roinn againn. B' urrainn dhan choire airson cuid den seo a bhith air a chur air cùisean comainn agus eaconamach, a' gabhail a-steach ath-riochdachaidhean Covid-19, agus ìrean nach fhacas a-riamh de phrògraman TBh agus de fhilmichean aig sàr ìre a tha a' tachairt san RA. Ged a tha fàilte mhòr romhpa, tha iad air iarrtasan mòra a chur air sgiobaidhean agus sgilean, a' cur nan cosgaisean an àirde. Tha seo air cudrom a chur air ar riochdairean dràma gu sònraichte. Airson dàrna bliadhna, bha buaidh leantainneach Covid-19 a' ciallachadh gun robh cuid

de na riochdachaidhean air an cur an dàil chun ath bhliadhna ionmhasail. A thuilleadh air sin, chaidh cùisean air adhart mar a bhathar a' sùileachadh.

Chrìochnaich a' bhliadhna againn leis a' mhì-chinnt a bha an cois a' chogaidh san Ucràin, agus a h-uile duine againn an dòchas gun tigeadh fuasgladh sìtheil agus cothromach a dh'aithghearr. Aig ìre na buidhne, an dèidh dhuinn a bhith air ar planaichean obrach fad-ùine èasgaidh a dheilbh eadar an Fhaoilleach agus a' Mhàrt, ann an co-chomhairleachadh leis an luchd-obrach agus am bòrd, thàinig sinn gu deireadh na bliadhna deiseil gus gabhail ri pàtrain obrach ùra. Nì sinn luachadh agus atharraichidh sinn iad mar a bhios feumail tro 2022.

Tha mi airson moladh a dhèanamh air innleachdas, dìcheall agus obair chruaidh mo cho-obrachachan, ar com-pàirtichean, ar riochdairean agus a' choimhearsnachd cruthachail Gàidhlig air fad, a tha air ar cuideachadh tro amannan mì-chinnteach gu sèimh is gu misneachail.

Thachair grunnan nithean cudromach sa bhliadhna seo.

Is dòcha gur e an nì bu chudromaich a thachair gun deach an goireas mheadhanan as motha a thachair a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig ann an 30 bliadhna – SpeakGaelic a chuir air bhog air Dihaoine 15 Dàmhair 2021. Airson a' chiad turas a-riamh, tha a-nis sgèile adhartais a tha air gabhail ris gu nàiseanta ann airson a bhith ag ionnsachadh



na Gàidhlig, le stòrasan meadhanan ioma-ùrlair, seòmar-teagaisg agus goireasan oide na chois. Tha mi air leth taingeil do ar buidheann com-pàirteachais a tha a' gabhail a-steach Sabhal Mòr Ostaig agus am BBC, ar buidhnean maoineachaidh, Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, Oilthighean Obar Dheathain agus Ghlaschu, na h-Ùghdarrasan Ionadail, coimhearsnachdan agus buidhnean luchd-ionnsachaidh, a tha gu lèir a' cuideachadh ann a bhith a' leasachadh goireas ùr mìorbhaileach.

Bha COP26 san t-Samhain 2021 ann an Glaschu na àm sgarachdainn airson mothachadh agus co-dhùnidhean mu atharrachadh ghnàth-shìde. Is e rud a tha seo a tha a' toirt buaidh oirnn air fad agus tha builean phractaigeach aige air mòran choimhearsnachdan far a bheil a' Ghàidhlig air a bruidhinn. Sa bhliadhna ionmhais seo, cuiridh sinn an cèill mar a nì sinne, mar bhuidheann, a h-uile nì a tha nar cumhachd a bhith a' lùghdachadh ar eimiseanan.



Chief Executive's Review

The financial year to 31 March 2022 was one of achievement in a climate of turbulence.

This was the second full year of remote working for many. The challenges were different from the first year, including fatigue and integrating new colleagues into the business. We were delighted to receive accolades from Investors in People and Best Places to Work in Broadcasting but also acutely conscious that many were experiencing personal and professional challenges.

We experienced steep cost inflation in our sector. Some of this was attributable to wider societal and economic factors, including Covid-19 adaptations, and some to unprecedented levels of high-end TV and film productions taking place in the UK which, although hugely welcome, has put major demands

on crews and skills, driving costs upwards. This has put pressure on our drama producers in particular. For a second year, the ongoing impact of Covid-19 meant that some productions were deferred into the next financial year. Otherwise, operations were delivered as expected.

Our year ended with the uncertainties of war in Ukraine, with each of us hoping for a peaceful and just resolution soon. At an organisational level, having designed our longer-term agile working plans between January and March, in consultation with staff and board, we reached the year end ready to adopt new working patterns. We will evaluate and adjust as required over the course of 2022.

I pay tribute to the ingenuity, diligence and hard work of my colleagues, our partners, our producers and the entire Gaelic creative community, which has seen us through uncertain times calmly and confidently.

The year was punctuated by several landmarks.

Perhaps the most significant achievement was the launch on Friday 15 October 2021 of the biggest media intervention for Gaelic learning in 30 years – SpeakGaelic. For the first time ever, there is now a nationally accepted progression scale for learning Gaelic, with multiplatform media, classroom and tutor resources to accompany it. I am most grateful to our partnership group of Sabhal



Learn Gaelic

8

Dh'fhoillsich sinn ar *Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig* san Dùbhlachd 2021. Is e aithris àrd-amasach a tha seo a thaobh na tha e comasach do na meadhanan Gàidhlig a dhèanamh thar nan còig bliadhna a tha ri thighinn.

Sa Ghearran 2022, chuir sinn air bhog Càrn, ùrlar didseatach iomlan gus susbaint Gàidhlig lèir-chlaistinneach, fèin-chruthaichte a thaisbeanadh. Is e an t-amas a tha aige a bhith a' meudachadh luchd-amhairc airson cruthadairean nam meadhanan didseatach Gàidhlig, an dà chuid a thaobh buidhnean agus daoine fa leth.

Sa Mhàrt 2022, dh'aontaich sinn ris a' BhBC lèirmheas a dhèanamh air Aonta Laghail BBC ALBA, a chaidh a shoighneadh an toiseach san Iuchar 2007. Bha sinn air leth toilichte gun do ghluais BBC ALBA gu HD air Sky agus Virgin Media tron bhliadhna, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' conaltradh mun dòigh a b' fheàrr a dheigheadh frithealadh a dhèanamh air luchd-cleachdaidh telebhisean didseatach thalmhaidh (Freeview), nach fhaigh BBC ALBA ach a-mhàin ann an Alba agus ann an Deifinisean Coitcheann (SD).

Dèanadas

An dèidh beagan àrdachaidh sa chiad bhliadhna dhen mhòr-ghalair, lean an t-seanail loidhneach leis a' chrìonadh seachdaineach a tha air a bhith a' tachairt thar nam beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad, an dà chuid a thaobh bun-luchd-amhairc na Gàidhlig agus an luchd-amhairc nàiseanta. Bha seo a rèir is mar a tha a' tachairt le seanailean loidhneach eile. Ach a thaobh BBC ALBA, cha robh an crìonadh san luchd-amhairc a thaobh telebhisean sgeidealaichte air ionadachadh le meudachadh san àireamh a bha ag amharc air iPlayer, air an tàinig lùghdachadh 11%. Ach, chunnaic sinn meudachadh ann an amharc susbaint riochd-goirid air na h-ùrlaran sòisealta agus YouTube.

Is e ar prìomh uallaichean a tha a' leantainn ann a bhith a' libhrigeadh BBC ALBA: (1) an dìth shiostamach de mhaoineachadh iomchaidh; (2) dìth follaiseachd agus margaidheachd de shusbaint nam meadhanan Gàidhlig san raon didseatach, a' gabhail a-steach san iPlayer; agus, mar thoradh air na dùbhlain sin, (3) an ìre àrd de dhùbhlain a thaobh a bhith a' ruighinn agus a' dol an sàs le luchd-amhairc nas òige mus tèid an call mar ghinealach a thaobh nam meadhanan Gàidhlig.

Tha na dùbhlain sin air an dèanamh nas miosa leis gun deach dùnadh sìos am Maoin Susbaint Luchd-amhairc Òga aig Riaghaltas na RA, a bha air a rianachd leis a' BFI, a tha air taic a thoirt do thairgse BBC ALBA do dhaoine òga chun na h-ìre £1.8m thairis air trì bliadhna. Leis gu bheil am maoineachadh seo "a' tilleadh" chun a' BhBC, tha sinn ag iarraidh air a' BhBC dèanamh cinnteach nach bi an luchd-amhairc as òige a tha aig BBC ALBA air an dì-chothromach air sgàth an atharrachaidh seo.

Bha sinn air ar dòigh gun robh co-obrachadh susbaint MG ALBA a' leantainn air a bhith tarraingeach do ar riochdairean agus an com-pàirtichean. Mar thoradh air sin, chaidh ar co-sheibheachd bho treas phàirtidhean thairis air ar targaid. Ann a bhith ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an obair seo, stèidhich sinn an dreuchd Stiùiriche Leasachadh Susbaint, agus thòisich Mairead Chamshron san dreuchd air 1 Giblean 2022.

Airson tuilleadh conaltraidh mun seo, bhrosnaichinn sibh tìde a ghabhail airson Lèirmheas BBC ALBA agus Lèirmheas Leasachaidh a tha làn fiosrachadh a leughadh, a tha a' leantainn seo, a thuilleadh air ar Prìomh Chomharran Dèanadais.

Aig deireadh na bliadhna, sheall cunntasan ionmhasail MG ALBA easbhaidh de £199k agus sinn a' tòiseachadh ri faighinn suas ris na riochdachaidhean air an deach maille a chur ri linn a' mhòr-ghalair. Bha airgead-làimhe againn de £1.2m agus dleastanasan de £12.2m.

Sa Mhàrt 2022, bha sinn air leth toilichte fàilte a chur air Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas agus an

Mòr Ostaig and the BBC, our funders, the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig, the Universities of Aberdeen and Glasgow, the Local Authorities, communities and learner groups, all of whom are helping develop what is a wonderful new resource.

COP26 in November 2021 in Glasgow was a watershed moment for climate change awareness and decisions. This is something which affects us all and which also has practical implications for many communities where Gaelic is spoken. In this financial year, we will set out how we, as an organisation, can do all in our power to reduce our emissions.

We published our Vision, *Lèirsinn: A Route Map for Gaelic Media*, in December 2021. This is an ambitious statement of the potential of Gaelic media and will be our guide for the next five years.

In February 2022, we launched Càrn, a digital aggregation platform to showcase Gaelic audio-visual user-generated content. Its aim is to grow audiences for Gaelic digital media creators, for both organisations and individuals.

In March 2022, we agreed with the BBC to review the BBC ALBA Collaboration Agreement, originally signed in July 2007. We were delighted that BBC ALBA moved to High Definition on Sky and Virgin Media during the year, and we look forward to discussing how users of digital terrestrial television (Freeview), for whom BBC ALBA is only available in Scotland and in Standard Definition, can be better served.

Performance

After picking up in the first year of the pandemic, the linear channel's weekly reach resumed its downward trend of recent years, both for the core Gaelic audience and the national audience. This was in line with other linear channels. However, for BBC ALBA, the fall in viewership in scheduled television was not replaced by an increase in iPlayer viewing, which decreased by 11%. We did, however, see an increase in short-form content viewing on social and YouTube platforms.

Our key concerns in the delivery of BBC ALBA continue to be: (1) the systemic lack of adequate funding; (2) lack of prominence and marketing of Gaelic media content in the digital domain, including within the iPlayer; and, in consequence of those challenges, (3) the high level of challenge in reaching and engaging with younger audiences before they become a lost generation to Gaelic media.

These challenges are exacerbated by the closure of the UK Government's Young Audiences Content Fund, administered by the BFI, which has supported BBC ALBA's offering to young people to the extent of £1.8m over 3 years. With the "return" of this funding to the BBC, we ask the BBC to ensure that BBC ALBA's younger audiences are not disadvantaged by this change.


We were delighted that MG ALBA content collaborations continue to be attractive to our producers and their partners. As a consequence, on-screen co-investment from 3rd parties exceeded our target. In recognition of how important this work is, we

Our Lèirsinn

Gaelic media will reach **1 million** people each week

Gaelic media will attract **250k** new users

Gaelic media will create **300** new jobs



Eaconamaidh, Ceit Fhoirbeis, BPA, gu ar n-oifisean ann an Steòrnabhagh, far an do choinnich i ri cuid de ar co-obraichean a b' òige cho math ri ar luchd-stiùiridh.

Lean sinn air adhart nar dreuchd mar stiùiriche sruth-obrach ann an iomairt Adhartas nas Luaithe aig Riaghaltas na h-Alba tro SpeakGaelic agus ar n-iomairtean meadhanan didseatach, a' gabhail a-steach FilmG, LearnGaelic agus Càrn. Tha dreuchd aig MG ALBA a bhith a' fighe a-steach fuasglaidhean meadhanan didseatach airson an cleachdadh a h-uile latha mar phàirt de na tha sinn a' cur ri coileanadh plana nàiseanta na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair le com-pàirtichean mar lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Alba Chruthachail, Comhairle nan Eilean Siar, buidhnean coimhearsnachd agus feadhainn eile, agus tha sinn a' toirt taing dhaibh uile a tha a' dol an sàs còmhla rinn san obair seo.

Is ann dham aindeoin nach eil mi a' dol a dh'ainmeachadh prògraman

no riochdairean fa leth ann an seo, ach bu mhath leam a ràdh a-rithist cho pròiseil 's a tha mi den t-susbaint air leth fiosrachail, foghlamach, dibhearsanach agus, aig amannan, gluasadach agus a tha na thogail inntinn, a tha sinn air fhaicinn air ar sgrionaichean. Meal an naidheachd dhaibhsan air fad a tha air duaisean agus ainmeachadh fhaighinn tron bhliadhna agus do gach riochdaire agus neach a chur ris na meadhanan Gàidhlig, a tha, a dh'aindeoin goireasan cuingealaichte, air prògraman iongantach a chruthachadh. Math a rinn sibh uile. Tha sinn gu mòr nur comain.

Bu mhath leam taing a thoirt do Riaghaltas na h-Alba airson an taic fhialaidh ionmhasail agus bhrosnachail agus do ar prìomh chom-pàirtiche, am BBC, agus ar com-pàirtichean ann an ionnsachadh agus ro-innleachdan didseatach aig Sabhal Mòr Ostaig agus oilthighean Ghlaschu, Dhùn Èideann agus Obar Dheathain. Bu mhath leam taing a thoirt cuideachd do Bhòrd na Gàidhlig, Sgrion Alba agus Maoin Susbaint Luchd-amhairc

Òga BFI airson an seilbheachd ann an ionnsachadh, sgilean agus susbaint na Gàidhlig agus do Co-chòrdadh Riochdairean Cinema agus Telebhisean airson an taic don roinn againn. Don h-uile neach a tha air a bhith ag obair far an sgrion no air an sgrion airson buannachd ar luchd-amhairc, airson ur n-obair chruaidh, ur dìlseachd, tàlant agus proifeiseantachd – mòran taing.

Mu dheireadh, tha mi airson ur n-aire a tharraing chun tàlant, dìlseachd agus sàr obair luchd-obrach agus bòrd MG ALBA. Dhaibhsan uile a dh'obraich còmhla rinn tron bhliadhna ionmhais seo agus dhuibhse a thig còmhla rinn san obair a tha romhainn, mo thaing dhuibh airson na tha sibh air a chur air ur cùl agus na nì sibh sna mìosan agus na bliadhnaichean a tha ri thighinn gus cùrsa shoirbheachail a dhaingneachadh san àm ri teachd airson nam meadhanan Gàidhlig.



created the post of Director of Content Additionality, with Margaret Cameron taking up the post on 1 April 2022.

For more discussion on this, I would encourage you to take the time to read the highly informative BBC ALBA and Development Reviews, which follow, as well as our Key Performance Indicators.

At the year end, MG ALBA's financial statements showed a deficit of £199k as we began to catch up with productions delayed due to the pandemic. We held cash of £1.2m and obligations of £12.2m.

In March 2022, we were delighted to welcome the Cabinet Secretary for Finance and the Economy, Kate Forbes MSP, to our Stornoway base, where she met with some of our younger colleagues as well as with management.

We progressed our role as workstream leader in the Scottish Government's Faster Rate of Progress initiative, through SpeakGaelic and our digital media initiatives, including FilmG, LearnGaelic and Càrn. MG ALBA has a role in embedding digital media solutions for everyday usage and acquisition of Gaelic as part of our contribution to the fulfilment of the national plan for Gaelic. This involves working with partners such as Highlands and Islands Enterprise, Skills Development Scotland, Creative Scotland, Comhairle nan Eilean Siar, community bodies and others, and we thank all who are joining with us in this work.


Reluctantly, I am not going to mention individual programmes or producers here, but reiterate how proud I am of the intensely informative, educative, entertaining and, at times, moving and inspirational, Gaelic content we have witnessed on our screens.

Congratulations to those who have won awards and nominations during the year and to all Gaelic media producers and contributors, who despite limited resources have created remarkable programmes. Math a rinn sibh uile. Tha sinn gu mòr nur comain.

I would like to thank the Scottish Government for their unstinting financial and motivational support as well as our key partner, the BBC, and our partners in learning and digital initiatives at Sabhal Mòr Ostaig and the universities of Glasgow, Edinburgh and Aberdeen. My gratitude also goes to Bòrd na Gàidhlig, Screen Scotland and the BFI's Young Audience Content Fund for investing in Gaelic learning, skills and content and to the Producers Alliance for Cinema and Television for their support for our sector. To each and every person who has worked off-screen or on-screen for the benefit of our audiences, for your hard work, dedication, talent and professionalism – mòran taing.

Finally, I draw your attention to the talent, loyalty and dedication of the staff and board of MG ALBA. To all colleagues who worked with us through this financial year and to those of you who will join with us in the work ahead, my thanks to you for what you have put behind you and what you will accomplish in the months and years ahead to secure a successful future course for Gaelic media.





Lèirmheas Ghnìomhan & Ghnothaichean

Ullachaidhean airson maoinachadh agus libhrigeadh seirbheis craolaidh lèir-chlaistinneach Gàidhlig

Dh'fhoillsich am Bòrd agus An Sgioba Àrd-stiùiridh am prìomhachasan airson nan còig bliadhna ri teachd ann an *Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig*. Am measg nam prìomhachasan sin, air duilleagan ochd agus naoi, bha:

- Ullachadh reachdail airson Seirbheis Mheadhanan Poblach Gàidhlig
- Aonta seilbheachd ùr airson nam meadhanan Gàidhlig
- Aonta ùr eadar am BBC agus MG ALBA

Ghabh MG ALBA os làimh mòran obair tagraidh is conaltraidh gum biodh dèanamh cinnteach gum biodh craoladh Gàidhlig air a ghabhail

Is e MG ALBA seirbheis mheadhanan Gàidhlig na RA, leis an dleastanas dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim faotainn airson luchd-amhairc ann an Alba. Tha e a' cur gu mòr ri beatha agus sunnd luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh Alba agus na RA gu h-iomlan a' gabhail a-steach a chom-pàirteachas leis a' BhBC ann a bhith a' libhrigeadh BBC ALBA. (td 16)

Tha an Riaghaltas ag aithneachadh an tabhartas air leth luachmhor a tha MG ALBA a' cur ri beatha agus sunnd luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh na h-Alba agus na RA, a' gabhail a-steach a chom-pàirteachas sònraichte leis a' BhBC ann an libhrigeadh BBC ALBA. Feumaidh an leithid de chom-pàirteachas dèanamh cinnteach gum bi susbaint Ghàidhlig de dh'àrd-chàileachd, eadar-mheasgte, ri fhaighinn gu furasta gus am bi cultar na Gàidhlig air a dhìon anns na bliadhnaichean ri teachd. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu

Ach, cha do rinn am Pàipear-stiùiridh gealltanas làidir a thaobh eadar-theachd reachdail. Feumaidh seo fuireach mar raon fòcais airson 2022-23.

Chuir MG ALBA cuideachd ri conaltradh le Riaghaltas na h-Alba agus le Buill Pàrlamaid na h-Alba tron bhliadhna. Cha robh fios fhathast air toraidhean Lèirmheas Caitheamh Ghoireasan Riaghaltas na h-Alba airson nan trì bliadhna ri teachd aig àm sgrìobhadh.

Dh'aontaich bùird a' BhBC agus MG ALBA na cumhaichean iomraidh airson còmhraidhean agus an t-Aonta Laghail a chaidh a stèidheachadh ann an 2007 eadar MG ALBA agus am BBC ùrachadh agus gus suidheachaidhean a chruthachadh airson seirbheis lèir-chlaistinneach Ghàidhlig san àm ri teachd a choinnicheas gu h-iomlan ri feumalachdan agus miannan an luchd-amhairc. Bidh an obair seo air a stiùireadh le Sgioba Àrd-stiùiridh MG

Dh'fhoillsich am Bòrd agus An Sgioba Àrd-stiùiridh am prìomhachasan airson nan còig bliadhna ri teachd ann an *Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig*.

a-steach ann an reachdas ris a bheil dùil aig Pàrlamaid na RA. Mar thoradh air an sin, bha na h-aithrisean a leanas ann am Pàipear-stiùiridh no Pàipear Geal Riaghaltas na RA air 28 Giblean 2022:

bheil cinnt mu mhaoinachadh san àm ri teachd cudromach airson gum bi MG ALBA comasach air libhrigeadh airson luchd-labhairt na Gàidhlig. (td 21)

ALBA agus am BBC, agus cuiridh iad molaidhean gu bùird MG ALBA agus am BBC aig deireadh 2022.

Activities & Business Review

Arrangements for the funding and delivery of a Gaelic audio-visual broadcast service

The Board and senior management published its priorities for the next five years in *Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media*. Included in those priorities, on pages eight and nine, were:

- Statutory provision for Gaelic Public Service Media
- A new investment accord for Gaelic media
- A new agreement between the BBC and MG ALBA

MG ALBA undertook a significant amount of advocacy and engagement work to ensure that Gaelic broadcasting would be included in forthcoming legislation of the UK Parliament. As a consequence, the UK Government's Command or White Paper of 28 April 2022 included the following statements:


MG ALBA is the UK's Gaelic language media service, with the remit to ensure the provision of a wide and diverse range of high quality programmes in the Gaelic language is made available to persons in Scotland. It makes an incredibly valuable contribution to the lives and wellbeing of Gaelic speakers across Scotland and the UK as a whole including through its partnership with the BBC in providing BBC ALBA. (page 16)

The Government recognises the hugely valuable contribution that MG ALBA makes to the lives and wellbeing of Gaelic speakers across Scotland and the UK, including through its unique partnership with the BBC in the provision of BBC ALBA. Such a partnership must ensure high quality, diverse Gaelic language content continues to be readily available so that Gaelic culture is protected in the years to come. We also recognise that certainty of future funding is important for MG ALBA being able to deliver for Gaelic speakers. (page 21)

The Command Paper did not, however, make a firm commitment to legislative intervention. This must remain a focus area for 2022-23.

MG ALBA also stepped up engagement with the Scottish Government and with members of the Scottish Parliament during the year. The results of the Scottish Government's Resource Spending Review for the next three years were not yet known at the time of writing.

The boards of both the BBC and MG ALBA agreed the terms of reference for talks intended to modernise the 2007 Collaboration Agreement between MG ALBA and the BBC and to create the conditions for a future Gaelic audiovisual service that fully meets the needs and aspirations of its audiences. This work will be led by the executive of MG ALBA and the BBC, and will make proposals to the boards of MG ALBA and the BBC in late 2022.





Am bòrd & comataidhean

Ann an 2021-22, choinnich Bòrd MG ALBA sia turais le Ailean Dòmhnallach sa chathair.

Am measg nam prìomh raointean ris an do dhèilig am Bòrd bha:

- Lèirsinn – amas còig bliadhna – *Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig;*
- Ro-innleachd – lèirmheas air mapa ro-innleachd MG ALBA;
- Solar agus maoinachadh meadhanan seirbheis poblach Gàidhlig san àm ri teachd;
- Plana Obrachaidh 2022-23, a' gabhail a-steach structar luchd-obrach agus pàigheadh;
- Com-pàirteachadh le prìomh luchd-ùidh, nam measg Ofcom, Riaghaltas na h-Alba is Riaghaltas na RA;

- Riaghladh, a' gabhail a-steach riarachadh agus aontaidhean ionmhasail, ag ath-sgrùdadh phoileasaidhean, a' beachdachadh agus ag aontachadh na h-Aithisg Bhliadhnail, aithisgean Slàinte & Sàbhailteachd agus Àrainneachd, agus a' sgrùdadh aithisgean ràitheil a' gabhail a-steach riaghladh riosg, toraidhean ionmhasail, KPlan, HR agus dèanadas seirbheis mheadhanan;
- Beachdachadh air aithisgean Cathraichean Chomataidhean;
- Fios air ais bho bhuill agus feumalachdan trèanaidh;
- Prìomh ghnèithean susbaint a' gabhail a-steach spòrs agus dràma; agus
- Atharrachadh structar comataidhean a' Bhùird.

Bheachdaich am Bòrd cuideachd air a' phròiseact com-pàirteachais

SpeakGaelic leis a' BhBC agus Sabhal Mòr Ostaig, a chaidh a chur air bhog as t-fhoghar 2021 le maoinachadh pròiseict bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig.

Choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh ceithir turais ann an 2021-22 le Donaidh MacAmhlaidh sa Chathair dà thuras agus Iain Mac a' Mhaoilein dà thuras. Bheachdaich a' Chomataidh air:

- aithisg an Luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh do na Buill air na h-aithrisean ionmhasail;
- na toraidhean ionmhasail ràitheil, KPlan agus clàr nan riosgan;
- toraidhean sgrùdadh in-thaigh air solarachadh agus gnìomhan a tha san amharc gus barantasan luach an airgid a neartachadh;
- ùrachadh poileasaidh, a' gabhail a-steach Còd Giùlain nam Ball;

Board & committees

In 2021-22, the MG ALBA Board met on six occasions under the chairmanship of Allan MacDonald.

The main areas addressed by the Board included:

- Vision – a five-year ambition *Lèirsinn: Route Map for Gaelic Media;*
- Strategy – a review of MG ALBA's strategy map;
- Future provision and funding of Gaelic public service media;
- Operational Plan 2022-23, including staffing structure and remuneration;
- Engagement with key stakeholders, including Ofcom, the Scottish Government and the UK Government;
- Governance, including financial allocations and approvals, reviewing policies, considering and approving the Annual Report, Health & Safety and Environmental

reports, and examining quarterly reports including risk management, financial results, KPIs, HR and media service performance;

- Reports of Committee Chairs;
- Members' feedback and training requirements;
- Key content genres including sport and drama; and
- Alteration of the Board's committee structure.


The Board also considered the SpeakGaelic partnership project with the BBC and Sabhal Mòr Ostaig, which launched in autumn 2021 with project funding from the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig.

The Audit & Assurance Committee met on four occasions in 2021-22 under the chairmanship of Donnie Macaulay twice and Iain MacMillan twice. The Committee considered:

- the external Auditors' report to the Members on the financial statements;

- the quarterly financial results, KPIs and the risk register;
- results of internal audit on procurement and actions intended to strengthen value for money assurances;
- policy renewal, including the Members Code of Conduct;
- assurances regarding costs and taxation, including service and energy supply provisions;
- business continuity planning;
- compliance reports on Health & Safety and Environmental policy;
- the development of the Assurance Framework;
- cybersecurity; and
- the exercise of the option to extend the appointment of the external Auditors by a further two years, as permitted by the contract terms.





- barantasan a thaobh chosgaisean is chisean, a' gabhail a-steach solarachaidhean seirbheis is cumhachd;
- planadh leantainneachd ghnòthachais;
- aithisgean gèillidh air poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd agus Àrainneachd;
- obair leasachaidh air an Fhrèam-obrach Dearbhaidh;
- dìon-saidhbear; agus
- cleachdadh an roghainn gus fastadh an Luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh a leudachadh dà bhliadhna eile, mar a tha ceadachd le cumhachan cùmhnant.

Choinnich Comataidh a' Chathraiche trì turais ann an 2021-22. Bheachdaich a' Chomataidh air:

- structar chomataidhean a' Bhùird;
- Meatraigs Sgilean a' Bhùird agus feumalachdan bhall a thaobh a' Bhall ùr a dh'ainmicheas lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean sa Chèitean 2022;
- Plana trèanaidh a' Bhùird;
- measadh agus amasan an Àrd-Oifigeir;
- an aithisg HR bhliadhnail, agus gu sònraichte, sunnd luchd-obrach;
- toraidhean eacarsaich tomhais tuarastail luchd-obrach;
- feumalachdan luchd-obrach san àm ri teachd a' gabhail a-steach Stiùiriche Ionmhais agus Stiùiriche Leasachadh Susbaint; agus
- poileasaidh pàighidh 2022-23.

Choinnich a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean dà thuras le

INVESTORS IN PEOPLE™ We invest in people Platinum

14

Iain Stephen Moireasdan sa Chathair. Chaidh aontachadh gur ann airson a' Bhùird air fad a bha e a bhith a' beachdachadh air riarachadh ro-innleachdail de ghòireasan MG ALBA gu ruige susbaint, sgilean agus dàimhean Gàidhlig agus, mar sin, chaidh a' Chomataidh a toirt gu crìoch.

Chaidh prògram ùr de sheiseanan air-loidhne a libhrigeadh do bhuill a' Bhùird le measgachadh de eileamaidean trèanaidh agus conaltradh le àrd-stiùirichean anns na roinnean sgriona agus poblach. Chaidh cuideachd tòiseachadh air taisbeanadh toraidhean ràitheil air-loidhne, a' leigeil le Buill KPlan a cho-chromachadh agus a dheasbad ann an suidheachadh neo-fhoirmeil mus tèid beachdachadh foirmeil orra aig coinneamhan Comataidh no coinneamhan Bùird.

Daoine

Ann an 2021-22, fhuair MG ALBA Duais Phlatanaim, (an ìre as àirde) le Creideas nar Cosnaichean, Duais Òir (an ìre as àirde) le Creideas nar Cosnaichean Òga, agus Duais Òir (an dàrna fear as àirde) airson "We Invest in Wellbeing". Chaidh MG ALBA aithneachadh cuideachd mar aon de Na h-Àiteachan as Fheàrr airson Obair ann an Craoladh san RA.

Sheall fios air ais bho luchd-obrach agus sgrùdaidhean gu robh an dàrna bliadhna iomlan de cheumnan a' mhòr-ghalair eadar-dhealichte

bhon chiad fhear, le cuid a' fulang le sgiths agus aonaranachd aig amannan. Bha e gu sònraichte doirbh do luchd-obrach na b' ùire nach robh air cothrom fhaighinn dàimhean stèidhichte san oifis a leasachadh. Leasaich seo gu mòr anns a' chairteal mu dheireadh den bhliadhna ionmhais oir chaidh slighe air adhart gu pàtrain obrach ùra agus nas seasmhaiche a chruthachadh. Ron Mhàrt 2022 bha MG ALBA air Poileasaidh Obrach Èasgaidh ùr aontachadh le pàtrain obrach ùra ri thighinn bho 4 Giblean 2022, a' ceadachadh obrachadh tar-chinealach agus sùbailte far a bheil sin iomchaidh.

Bha tionndadh luchd-obrach na b' àirde na an àbhaist aig MG ALBA, a' gabhail a-steach, aig deireadh na bliadhna, an Stiùiriche Ionmhais a' fàgail a dreuchd. Aig an aon àm chaidh Stiùiriche Leasachadh Susbaint ainmeachadh agus bha trì dreuchdan bàna eile gan lìonadh.

Gnìomhan ùra sònraichte

Bha grunnan phròiseactan co-mhaoinichte ann tron bhliadhna. Bha trì pròiseactan aig ìre mhòr, a' tarraing seilbheachd ùr gu susbaint mheadhanan Gàidhlig ach cuideachd a' cur iarrtasan mòra air MG ALBA agus air com-pàirtichean libhrigidh. B' e pròiseactan dràma a bh' ann an dhà, le maoinachadh cuideachd ga thoirt seachad le Sgrion Alba agus Maoin Susbaint Luchd-amhairc Òga BFI, agus am fear eile SpeakGaelic,



15

The Chair's Committee met on three occasions during 2021-22. The Committee discussed:

- the Board's committee structure;
- the Board Skills Matrix and member requirements in relation to the new Member nominated by Highlands & Islands Enterprise required in May 2022;
- Board training plan;
- CEO appraisal and objectives;
- the annual HR report, and specifically, staff wellbeing;
- the results of a staff remuneration benchmarking exercise;
- future staffing needs including Director of Finance and Director of Content Additionality; and
- pay policy for 2022-23.

The Content, Skills & Engagement Committee met twice under the chairmanship of Iain Stephen Morrison. Its role of considering the strategic allocation of MG ALBA's resources to Gaelic media content, skills and engagement was agreed to be a matter for the full membership and, accordingly, the Committee was disestablished.

A new programme of online sessions for Board members was delivered with a mix of training elements and engagement with senior leaders in the screen and public sectors. A

quarterly online results presentation was also introduced, allowing Members to assimilate and discuss KPIs in an informal setting in advance of formal consideration at Committee or Board meetings.

People

In 2021-22, MG ALBA was granted a Platinum Award (the highest) by Investors in People, a Gold Award (the highest) for Investors in Young People, and a Gold Award (the second highest) for "We Invest in Wellbeing". MG ALBA was also recognised as one of the UK's Best Places to Work in Broadcasting.

Staff feedback and surveys revealed that the second full year of pandemic measures was different from the first, with some suffering from fatigue and isolation at times. It was especially difficult for newer staff who had not had the opportunity to develop office-based relationships. This eased off considerably in the last quarter of the financial year as a way forward to new and more permanent patterns of work were forged. By March 2022 MG ALBA had agreed a new Agile Working Policy with new work patterns to take effect from 4 April 2022, allowing hybrid and flexible working where appropriate.

MG ALBA experienced a greater than usual turnover of staff including, at


the end of the year, the departure of the Director of Finance. At the same time a Director of Content Additionality was appointed and three other staff vacancies were in the process of being filled.

Significant new activities

There were a number of co-funded projects during the year. Three projects were of major scale, drawing in significant new investment into Gaelic media content but also placing major demands on MG ALBA and on delivery partners. Two were drama projects, with funding also being provided by Screen Scotland and the Young Audiences Content Fund, and the other was SpeakGaelic, led by MG ALBA, delivered in partnership with Sabhal Mòr Ostaig and the BBC, and funded by the Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig and the BBC. SpeakGaelic launched in October 2021 with level A1 and will continue in both a build and delivery model until all six levels of 13 units have been created and rolled out by 2023-24.

Operations

In the year, MG ALBA's channel operations and presentation teams delivered 50 hours of junctions and around 200 hours of broadcast compliant media to BBC ALBA



air a stiùireadh le MG ALBA, air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig agus am BBC, agus air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus am BBC. Chuireadh SpeakGaelic air bhog san Dàmhair 2021 le ìre A1 agus leanaidh e air adhart ann am modail togail is libhrigidh gus am bi na sia ìrean de 13 aonadan air an cruthachadh agus air an sgaoileadh ro 2023-24.

Cùisean obrachaidh

Annas a' bhliadhna, libhrig sgiobaidhean obrachaidh agus prògramaidh na seanail 50 uair a thìde de cheangalan agus mu 200 uair a thìde de stuth mheadhanan a bha air a dhearbhadh tro sgrùdadh teicnigeach gu robh e deiseil airson a chur a-mach air an t-seanail, a thuilleadh air a bhith a' toirt taic do riochdachaidhean agus tachartasan leithid FilmG. Chaidh an t-susbaint air fad a riochdachadh agus a libhrigeadh mar shusbaint HD. A thuilleadh air an sin, chruthaich sgiobaidhean an Aonad Dhìseataich agus Ionnsachaidh 3231 mionaid de shusbaint ann an cruth goirid airson BBC ALBA agus meadhanan sòisealta LearnGaelic agus seanailean meadhanan didseatach.

Leis a' ghnìomhachas craolaidh a' gluasad gu ruige susbaint làir-choltachaidh le stòras sgòth-dhìseataich agus riochdachaidh, tha MG ALBA a' cumail suas ri na h-atharrachaidhean seo, a' toirt a-steach siostaman IP stèidhichte air lìonra, a ruitheas taobh ri taobh ri siostaman traidiseanta. Bithear a' cleachdadh sruthan-obrach fèin-gluasadach airson dreach agus tar-chòdachadh airson libhrigeadh ioma-ùrlair.

A dh'aindeoin cuingealachaidhean Covid, chaidh a h-uile gnìomhachd a libhrigeadh ann an àm agus a rèir ìrean càileachd.

Maoineachadh

Tron bhliadhna chaidh maoineachadh a bharrachd de £730,000 fhaighinn bho Riaghaltas na h-Alba airson prògraman, pròiseact ùr SpeakGaelic agus trèanadh do chom-pàirtichean FilmG. Lean cùmhnantan solair fad-ùine a thòisich air 1 Iuchar 2021, a' toirt cnàimh-droma do chlàr-ama BBC ALBA, a' dèanamh suas 69% de chaitheamh MG ALBA air susbaint ach a' toirt seachad 89% de na nuadh-uairean maoinichte le MG ALBA a chaidh a chraoladh sa bhliadhna.

Dèanadas ionmhasail & obrachaidh

Ann an 2021-22 chosg MG ALBA £9.4m gu dìreach le 24 diofar chompanaidhean riochdachaidh ann a bhith a' cruthachadh 404 uairean a thìde de phrògraman. Den sin, chaidh £8.8m chun na roinne riochdachaidh neo-eisimeilich, mòran dheth an cois pasgan de nithean a bhrosnaicheadh leasachadh tàlant, sgilean agus a' Ghàidhlig.



17

Chunnacas sa bhliadhna teachd-a-steach airson MG ALBA de £13.6m (2021: £13.2m), le £13.4m (2021: £13.0m) a' tighinn bho thabhartas gus-cuideachadh Riaghaltas na h-Alba agus £0.2m (2021: £0.2m) bho mhaoin phròiseict agus theachd a-steach airson seirbheisean agus goireasan.

San Aithris air Teachd-a-Steach Iomlan aig deireadh na bliadhna bha easbaidh an dèidh chisean ann de £199k an coimeas ri còrr de £787k ann an 2021. Tha an easbaidh seo a' sealltainn dàil ann an comas MG ALBA prògraman a sholarachadh ag èirigh bho chùisean co-cheangailte ri Covid-19. Tha am Plana Obrachaidh 2022-23 a' ro-aithris gun tèid na bhios air fhàgail a chosg gu h-iomlan sa bhliadhna sin.

Tha an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail aig deireadh na bliadhna a' sealltainn gun robh stoc phrògraman no prògraman a bhathar ag ullachadh de luach £4.7m (2021: £4.1m) agus cùl stòr de £1.2m (2021: £0.9m), le chèile a rèir poileasaidh. Tha gealltanasan de £12.2m thar trì bliadhna cuideachd ri fhaicinn am-bliadhna. Tha iad seo a' riochdachadh sa mhòr-chuid cunnraidhean solar phrògraman ioma-bhliadhnail a chaidh aontachadh suas gu 2024.

playout, as well as supporting productions and events such as FilmG. All material was produced and delivered as HD content. In addition, the Digital Hub and Learning teams created or versioned 3231 minutes of short-form content for BBC ALBA and LearnGaelic social media and digital media channels.

As the broadcast industry moves towards virtualised content with cloud-based storage and production, MG ALBA kept track with the pace of change, introducing IP network-based systems to complement traditional systems. Automated workflows for versioning and transcoding are deployed for multi-platform delivery.

Despite Covid restrictions, all operations were delivered on time and to quality standards.

Funding

During the year additional funding of £730,000 was received from the Scottish Government towards programming, the new SpeakGaelic project and training for FilmG participants. Long-term supply deals which commenced on 1 July 2021 continued to provide the backbone of the BBC ALBA schedule, accounting for 69% of MG ALBA spend on content but supplying 89% of MG ALBA funded original hours broadcast in the year

Financial & operational performance

In 2021-22 MG ALBA spent £9.4m directly with 24 different production companies on the creation of 404 hours of programmes. Of that, £8.8m was spent with the independent



16

MG ALBA's channel operations and presentation teams delivered 50 hours of junctions and around 200 hours of broadcast compliant media to BBC ALBA playout

production sector, much of it in tandem with a package of measures intended to foster the development of talent, skills and Gaelic language.

The year saw income for MG ALBA of £13.6m (2021: £13.2m), of which £13.4m (2021: £13.0m) came from Scottish Government grant-in-aid and £0.2m (2021: £0.2m) came from project funding and charges for services and facilities.

The end-of-year Statement of Comprehensive Income reported a deficit after taxation of £199k compared with a surplus of £787k in 2021. This deficit reflects the deferral of some programme commitments

from one financial year to another, primarily arising from legacy issues surrounding Covid-19. The Operational Plan 2022-23 forecasts that the balance will be fully spent in that year.

The end-of-year Statement of Financial Position shows programmes in stock or in production of £4.7m (2021: £4.1m) and year end cash reserves of £1.2m (2021: £0.9m), both in line with policy. Future commitments of £12.2m over three years are also disclosed this year. These represent mainly multi-annual programme supply contracts agreed up until 2024.



Prìomh Chomharran Dèanadais


KPI	Slat-tomhais	Targaid	2021/22	
Ruigse	Seallaidhean susbaint iPlayer	4.0m	3.6m	▼
Ruigse	Ruigse seachdaineil an luchd-amhairc Gàidhlig Ruigse seachdaineil an luchd-amhairc Nàiseanta <i>Tùsan: TRP/TNS*</i>	60% 10%	55% 7%	▼
Ruigse	Seallaidhean susbaint goirid	3.2m	5.6m	▲
Càileachd	Luachadh an luchd-amhairc Gàidhlig (/10) Luachadh an luchd-amhairc nàiseanta (/10) <i>Tùsan: TRP/TNS</i>	8.0 7.0	8.6 7.9	▲
Càileachd	Duaisean airson susbaint BBC ALBA	3	6	▲
Luach	Co-mhaoineachadh treas-phàrtaidh phrògraman air sgrion	£1.2m	£1.5m	▲
Com-pàirteachas	FilmG: Filmichean air an cur a-steach	90	91	▲
Buaidh	Mothachadh nàiseanta mu BBC ALBA <i>Tùs: TNS</i>	80%	77%	▼
Còrdadh	Aonta an luchd-amhairc le ro-innleachd (/10) <i>Tùs: TRP</i>	8.4	8.4	▲
Ionnsachadh	Luchd-cleachdaidh LearnGaelic fa leth gach mìos	+10%	-7%	▼

*TRP Research às leth MG ALBA
Kantar TNS Scottish Opinion Survey

Key Performance Indicators

KPI	Metric	Target	2021/22	
Reach	iPlayer content views	4.0m	3.6m	▼
Reach	Gaelic weekly TV reach National weekly TV reach <i>Sources: TRP/TNS*</i>	60% 10%	55% 7%	▼
Reach	Short-form content views	3.2m	5.6m	▲
Quality	Gaelic audience appreciation (/10) National audience appreciation (/10) <i>Sources: TRP/TNS</i>	8.0 7.0	8.6 7.9	▲
Quality	Awards for BBC ALBA content	3	6	▲
Value	3rd party programme co-finance on screen	£1.2m	£1.5m	▲
Participation	FilmG film entries	90	91	▲
Impact	National awareness of BBC ALBA <i>Source: TNS</i>	80%	77%	▼
Approval	Audience agreement with strategy (/10) <i>Source: TRP</i>	8.4	8.4	▲
Learning	LearnGaelic unique users per month	+10%	-7%	▼

*TRP Research on behalf of MG ALBA
Kantar TNS Scottish Opinion Survey



Lèirmheas BBC ALBA

Chunnaic 2021/22 dàrna bliadhna de dhùbhlain mhòra mar thoradh air a' mhòr-ghalair agus an droch bhuidheann a bha aige air a h-uile seòrsa riochdachadh agus tachartas. Ghabh seo àite le cùl-raon de bhun-mhaoineachaidh air nach tàinig atharrachadh airson BBC ALBA. A dh'aindeoin nan duilgheadasan sin, dh'fhoillsich solaraichean BBC ALBA agus gach buidheann a bha an sàs sa chom-pàirteachas freagairteachd, cruthachail agus fulangas, a' sìor fheuchainn ri bhith a' tabhann phrògramadh de dh'àrd-chàileachd do luchd-amhairc.



Sa bhliadhna seo chunnacas susbaint BBC ALBA a' faighinn grunnan dhuais gnìomhachais agus a' clàradh an luach as àirde chun seo sa phasgan susbaint co-mhaoinichte. Chunnacas beachdan mu BhBC ALBA air na meadhanan sòisealta agus an dol an sàs a' meudachadh gu ìre mhòr.

Am measg nan soirbheachasan bha a bhith a' cur air chois agus a'

libhrigeadh a' chiad dà shreath de SpeakGaelic, iomairt ionnsachaidh com-pàirteachais àrd-amasach agus am pròiseact air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA agus am BBC. An lùib a' chom-pàirteachais ùir seo eadar MG ALBA, am BBC agus Sabhal Mòr Ostaig chunnacas susbaint ionnsachaidh agus stuthan air an tabhann thar ùrlaran diofraichte, a'

gabhail a-steach BBC iPlayer, BBC Sounds, BBC Radio nan Gàidheal, YouTube agus an t-seanail loidhneach, a thuilleadh air stuthan a dh'fhaodar a chleachdadh ann an seòmair-teagaisg, agus ionnsachadh neo-eisimeileach air-loidhne. Bha seo a' faighinn taic bho shusbaint làitheil mheadhanan sòisealta thar ùrlaran a tha a' gabhail a-steach Facebook, Twitter, agus Instagram.

BBC ALBA Review

2021/22 saw a second year of enormous challenges generated by the pandemic and its disruptive operational impact on all forms of production and events. This took place against a backdrop of an unchanged core funding for BBC ALBA. Despite these challenges, BBC ALBA's suppliers and all involved in the partnership demonstrated responsiveness, creativity and resilience, continuously seeking to offer high-quality programming to audiences.

The year saw BBC ALBA's content win several industry awards and record its highest value to date in the co-funded content portfolio. It saw BBC ALBA's social media views and engagement increase significantly.


Highlights include the launch and delivery of the first two series of SpeakGaelic, an ambitious partnership language learning initiative and project funded by The Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA and the BBC. This new partnership between MG ALBA, the BBC and Sabhal Mòr Ostaig saw learning content and materials offered across different platforms, including BBC iPlayer, BBC Sounds, BBC Radio nan Gàidheal, YouTube and the linear channel, in addition to materials available for use in classrooms, and independent online learning. This was supported with daily social media content across platforms including Facebook, Twitter, and Instagram.

The year also saw increased investment in scripted content, including through the Young Audiences Content Fund-funded children's drama, *Triùir @ Tri* (Sorbier Productions). During the year, MG ALBA had a pipeline of £3.1m in additional value through co-funded projects contracted, a record total in one financial year. The Young

Audiences Content Fund has enabled the production and delivery of content with a total value of £4.2m for BBC ALBA, with the fund's direct contribution amounting to £1.8m. 2022 will see the closure of the Young Audiences Content Fund which will have a severe impact on BBC ALBA's ability to invest in children's originations.

As is the case for all PSB channels, BBC ALBA operates in a highly competitive environment, including in 2021/22 competing against the Tokyo Olympics and the Euros. Average weekly reach for the Gaelic audience was 55.3%. [Under new methodology, the national audience reach was 7.1%]. iPlayer views were 3.6m. On social media, BBC ALBA views and engagement both increased significantly to a record 5.6m views and 740,000 engagements.

The 2022 Royal Television Society Scotland awards saw six BBC ALBA nominations and two awards. *Eòrpa* (BBC Scotland Productions) won the News and Current Affairs category for its powerful exploration of the Highlands involvement in the slave trade. PurpleTV's sports documentary, *Na Boireannaich a Thog Glasgow City/The Women Who Built Glasgow City*, looked at the story behind the founding and early



6 awards for content

£3.1m in co-funded pipeline

5.6m social media views



Chunnacas cuideachd sa bhliadhna seo meudachadh ann an seilbheachd a thaobh susbaint air a sgrìobhadh, a' gabhail a-steach an dràma chloinne *Triùir @ Trì* (Sorbier Productions) a chaidh a mhaoineachadh le Maoin Susbaint Luchd-amhairc Òga. Tron bhliadhna bha pròiseactan de £3.1m ann an luach a bharrachd aig MG ALBA tro phròiseactan co-mhaoichte fo chùmhant, an sùim air fad as àirde a-riamh ann an aon bhliadhna ionmhais. Tha am Maoin Susbaint Luchd-amhairc Òga air riochdachadh agus libhrigeadh susbaint le luach air fad de £4.2m airson BBC ALBA a dhèanamh comasach, leis an tabhartas dìreach air fad on mhaoin aig ìre £1.8m. Chì 2022 crìoch a' tighinn air Maoin Susbaint Luchd-amhairc Òga agus bidh buaidh mhòr aig seo air comas BBC ALBA a bhith a' seilbheachadh ann am prògraman chloinne air an cruthachadh bho thùs.

Mar a tha fìor mu na seanailean PSB air fad, tha BBC ALBA ag obair ann an àrainn air leth farpaiseach, a' gabhail a-steach a bhith a'

farpais ann an 2021/22 ri Olympics Tokyo agus na Euros. B' e an ruigse cuibheasach seachdaineil airson an luchd-amhairc Gàidhlig 55.3%. [Fon mhodh-eòlais ùr, b' e an ruigse luchd-amhairc nàiseanta 7.1%]. Bha 3.6m seallaidhean air an iPlayer. Air



na meadhanan sòisealta, mheudaich seallaidhean agus dol an sàs BBC ALBA gu mòr chun na h-ìre as àirde a-riamh de 5.6m sealladh agus 740,000 dol an sàs.

Sna duaisean 2022 aig Comann Rìoghail Telebhisean na h-Alba chunnacas sia prògraman BBC ALBA air an ainmeachadh agus dà dhuais – *Eòrpa* (BBC Scotland Productions) a bhuannaich sa ghnè Naidheachdan agus Cùisean Làitheil airson a sgrùdadh cumhachdach mu dhol an sàs na Gàidhealtachd ann am malairt thràille, agus am prògram spòrs aithriseach PurpleTV, *Na Boireannaich a Thog Glasgow City*, a thug sùil air an sgeulachd air cùl stèidheachadh agus soirbheas tràth Glasgow City FC, a bhuannaich gnè spòrs RTS.

Bha duaisean gnìomhachais eile a chaidh fhaighinn tron bhliadhna a' gabhail a-steach duaisean Fèis nam Meadhanan Ceilteach airson *Peat and Diesel*, *From the Barrow to the*



success of Glasgow City FC, winning the RTS sports category.

Other industry awards received across the year included Celtic Media Festival wins for *Peat and Diesel*, *From the Barrow to the Barrowlands* (MacTV). The Scottish Gaelic Awards saw Sgeul Media's documentary on *Dystonia: Beatha Air Fhiaradh* pick up the media award, and MacTV and Kate Macleod secure the environment award for *Miann na Maighdinn Mara*. Sgeul Media's powerful documentary presented by Mischa MacPherson, *Ceòl is Cràdh* won the Trad Music in the Media Award at the MG ALBA Scots Traditional Music Awards aka Na Trads.

The financial year began with the assessment and commissioning of new multi-annual production deals designed to deliver a wide range of high-impact programming for the channel over the next three years. Seven production companies based across Scotland were commissioned

to provide children's, factual, music, events and entertainment content for BBC ALBA and its digital platforms.

The first series (A1) of *SpeakGaelic* (BBC Scotland Productions) launched in its entirety on BBC iPlayer, BBC Sounds and YouTube in October 2021 and the second series (A2) mid-March 2022. Pre-production also began on the third series (B1) of *SpeakGaelic* in 2021/22.

The final series of *Bannan* (Young Films) was produced and broadcast. It was compelling viewing, all of which belied the challenging situation in which it was written and produced. Through the MG ALBA investment in *Bannan*, Young Films have created an impressive legacy of writers, script editors, directors and actors for Gaelic drama which offers a rich foundation on which Gaelic media investment can continue to build. A four-part new sketch show series, *OMC!* (The Comedy Unit) began broadcasting on Hogmanay.

Development continued on the new six-part drama *An Clò Mòr* (Solus Productions) which will enter production and be broadcast in 2022/23. Other scripted development included an innovative digital-first murder-mystery *Smocan* (Corran Media), and a crime thriller *An t-Eilean/ The Island* (Black Camel Pictures).

The children's short-film, *Cùm Sùil Orm* (*Keep an Eye on Me*) (Corran Media), was shot on the Isle of Lewis and starred 10-year-old Syrian refugee Abdullah Al Nakeeb. It told the story of a young asylum-seeker who builds a cliff-top tower to look out for his lost father. It and another children's short, *Am Pìano* (*The Piano*) (MacTV) attracted significant funding from the Young Audiences Content Fund and are part of a European Broadcasting Union (EBU) exchange of the best children's drama from across Europe.





22

Barrowlands (MacTV). Chunnaic Duaisean Gàidhlig na h-Alba prògram aithriseach Sgeul Media mu *Dystonia: Beatha Air Fhiaradh a' faighinn duais nam meadhanan*, agus MacTV agus Ceit Nicleòid a' gleidheadh duais na h-àrainneachd airson *Miann na Maighdinn Mara*. Bhuannaich am prògram aithriseach cumhachdach aig Sgeul Media, a chaidh a riochdachadh le Mischa Nic a' Phearsain, *Ceòl is Cràdh*, Duais Ceòl Trad sna Meadhanan aig Na Trads MG ALBA.

Thòisich a' bhliadhna ionmhas le measadh agus coimiseanadh de dh'aontaidhean riochdachaidh ùra ioma-bliadhna a bha air an deilbh gus a bhith a' lìbhrigeadh raon mòr de phrògraman de dh'àrd-bhuaidh air an t-seanail thar nan trì bliadhna ri thighinn. Chaidh seachd companaidhean riochdachaidh a tha stèidhichte air feadh Alba a choimiseanadh gus a bhith a' tabhann susbaint chloinne, firinn, ceòl, tachartasan agus dibhearsain airson BBC ALBA agus na h-ùrlaran didseatach aige.

Chaidh a' chiad sreath (A1) de *SpeakGaelic* (BBC Scotland Productions) a chur air bhog air fad air BBC iPlayer, BBC Sounds agus YouTube san Dàmhair 2021 agus

an dàrna sreath (A2) meadhan na Màirt 2022. Thòisich ullachadh ro-riochdachaidh cuideachd air an treas sreath (B1) de *SpeakGaelic* ann an 2021/22.


Chaidh an t-sreath mu dheireadh de *Bannan* (Young Films) ullachadh agus a chraoladh. B' e sealladh co-èigneachail a bha ann, is e uile air tachairt a dh'aindeoin an t-suidheachaidh dhùbhланаich anns an deach a sgrìobhadh agus a riochdachadh. Tro sheilbheachd MG ALBA ann am *Bannan*, tha Young Films air dìleab chudromach

fhàgail de sgrìobhadairean, luchd-deasachaidh sgrìobt, stiùirichean agus actairean airson dràma Gàidhlig a tha a' tabhann stèidh bheairteach air an urrainn do sheilbh nam meadhanan Gàidhlig leantainn air adhart a' togail. Thòisich sreath sgeidse ùr le ceithir pàirtean, *OMC!* (The Comedy Unit) a' craoladh air Oidhche Challainn.

Lean leasachadh co-cheangailte ris an dràma ùr le sia pàirtean *An Clò Mòr* (Solus Productions) a bhithear a' tòiseachadh a' riochdachadh agus a bhios air a chraoladh ann an



23



The Young Audiences Content Fund also funded *Triùir aig Trì* (Sorbier Productions), a four-part children's comedy, along with Screen Scotland.

Calum Cille: An Naomh Dàna/St Columba: The Bold Saint (Mactv and Abu Media) was a landmark co-production that marked the 1500th anniversary of the birth of St Columba. Mixing drama reconstructions and interviews, it gave a fascinating insight into the sources and myths that surround his history. The programme was supported by TG4 and the Irish Language Broadcast Fund.

Over 70 hours of content was produced for *CBeebies* and *CBBC ALBA* (BBC Scotland Productions) under restrictive Covid conditions, offering daily fun and entertainment to young audiences. In addition to the weekly recording of short-form presentation content, new commissions were produced: *Alba Eagalach*, which examined the scary side of Scotland; and *Meaban agus Moo*, fronted by

lovable puppets Meaban, a cute little puffin and his companion, Moo, a cuddly Highland cow. This series was developed in conjunction with Warrick Brownlow-Pike, a highly experienced puppeteer who operates 'Dodge the Dog' from *CBeebies*. This series enabled developmental opportunity for a Gaelic-speaking Assistant Puppeteer and for the BBC Scotland Productions children's team in terms of acquiring the skills to work with puppets, a very specialised field of television production.

Miann na Mara (Macanta) was a documentary portrait of a young island boy, Angus who roams the seashore in search of sea creatures, great and small, weird and wonderful. This programme also received additional funding from the Young Audiences Content Fund and is part of the EBU exchange of the best children's documentaries and drama from across Europe.

The Young Audiences Content Fund also supported an innovative fact/

ent format *Pròiseact Plòigh* (Beezr Studios), a 15-part series which sees a group of kids trying to get one-up on some super-serious scientists with cringe-inducing jokes.

BBC ALBA continued to showcase high-impact factual programming. Black History Month saw the channel broadcast *Trusadh – Afro-Gaidheil* (MacTV) presented by singer, Cass Ezeji. This was a powerful and thought provoking exploration of identity. It was accompanied by the compelling documentary series (acquired and versioned) *Slighean Trailleachd* (MacTV).

Trusadh – Mi Fhèin is Mackintosh/Art on Fire (MacTV) saw GSA students past and present reflect on Charles Rennie Mackintosh's Glasgow School of Art. *Trusadh – Togail – A-Listers in Lewis and Harris* (MacTV) saw Jayne MacLeod on a tour of the eight A-Listed buildings in Lewis and Harris. In *Maorach/Hebridean Shellfish* (TrixiPix) the shell-fishermen of Uist and the challenges of



24



25



26



2022/23. Bha leasachadh sgrìobtaidh eile a' gabhail a-steach a' chiad phrògram didseatach ùr-ghnàthasach dìomhaireachd-muirt *Smocan* (Corran Media), agus gaoir-sgeul eucoir *An t-Eilean/The Island* (Black Camel Pictures).

Bha am film chloinne ghoirid, *Cùm Sùil Orm* (Keep an Eye on Me) (Corran Media), air fhilmadh air Eilean Leòdhais, le balach 10-bliadhna a dh'aois, fògarrach à Syria, Abdullah Al Nakeeb, mar am prìomh rionnag. Bha e ag innse sgeulachd neach-comraich òg a tha a' togail tùr air mullach creige gus a bhith a' cumail sùil a-mach airson athair a tha air chall. Thàlaidh seo agus film chloinne ghoirid eile, *Am Piàno (The Piano)* (Mactv) maoineachadh brìgheil bhon Mhaoin Susbaint Luchd-amhairc Òga agus tha seo mar phàirt de dh'iomlaid Aonadh Craolaidh na h-Eòrpa (EBU) den dràma chloinne as fheàrr bho air feadh na Roinn-Eòrpa.


Mhaoinich Maoin Susbaint Luchd-amhairc Òga cuideachd *Triùir aig Tri* (Sorbier Productions), comadaidh chloinne de cheithir pàirtean, còmhla ri Sgrion Alba.

Bha *Calum Cille: An Naomh Dàna/St Columba: The Bold Saint* (MacTV agus Abu Media) na cho-riochdachadh sònraichte a bha a' comharrachadh 1500 bliadhna bho rugadh Calum Cille. Le bhith a' measgachadh ath-chruthachaidhean dràma agus agallamhan fhuaras tuigse inntinneach air na tùsan agus fionn-sgeulan a tha an lùib an eachdraidh aige. Fhuair am prògram taic bho TG4 agus bhon Mhaoin Craolaidh Gaeilge.

Chaidh còrr air 70 uairean de shusbaint a riochdachadh airson *CBeebies* agus *CBBC ALBA*



28



29

(BBC Scotland Productions) fo shuidheachaidhean cuibhreachail Covid, a' tabhann spòrs agus dibhearsain gach là do luchd-amhairc òga. A thuilleadh air clàradh seachdaineach de shusbaint ann an taisbeanadh riochd-goirid, chaidh coimiseanan ùra a riochdachadh: *Alba Eagalach*, a rinn sgrùdadh air taobh eagallach de dh'Alba; agus *Meaban agus Moo*, anns an robh na pupaidean gaolach Meaban, buthaid bheag shnog agus a chompanach, Moo, bò Ghàidhealach a liùgeadh

tu fhàsgadh nad ghàirdean. Chaidh an t-sreath seo a leasachadh an co-bhoinn ri Warrick Brownlow-Pike, neach-pupaid mòr-fhiosraichte a bhios a' dèanamh 'Dodge the Dog' bho CBeebies. Thug an t-sreath seo cothrom leasachaidh do Neach-taic Pupaideachd a bhruidhneas Gàidhlig agus do sgioba chloinne BBC Scotland Productions a thaobh a bhith a' faighinn sgilean airson a bhith ag obair le pupaidean, raon air leth spèisealta ann an riochdachadh telebhisein.



30



31

Covid-19 and Brexit were explored. The World Heritage site of St Kilda was the focus of Kate Macleod's adventure in *Miann Na Maighdinn Mara: Fìort* (MacTV). The Christmas and New Year schedule featured a cinematic tour of the Highlands and Islands with *Cinema Gadelica II* (Caledonia TV). The wartime history of Scotland's remotest military bases was examined in *Gaisgich sna Glinn* (Caledonia TV). *Eilean nan Dineasair* (Caledonia TV) saw Skye's dinosaur legacy showcased. *Alistair*

Macleod: An Sgeulaiche (Caledonia TV) featured the international best-selling author. *Folk that Rock – Ceòl Roc Ceilteach* (Demus Productions) told the story of Celtic Rock and its influence today.

Cidsin Granaidh Chalanais (Caledonia TV) saw Gregor try out traditional recipes. Despite ongoing Covid disruption *FilmG* (MG ALBA) saw the short film competition's fantastic entries and winners showcased in a studio-based programme.

The observational documentary series, *Eilean Mo Ghaoil* (Corcadal Productions) featured characters and communities on the west side of Lewis. Corcadal Production's *Rathairsair* provided a beautiful snapshot of the dynamic community and enterprises on the island of Raasay.

The year saw a new series of *Seòid a' Chidsin* (Moja). *Alleluia!* (BBC Scotland Productions) continued to offer spiritual comfort as places of worship remained closed or restricted. The series culminated in a special programme commemorating the birth of St Columba. *Golf: Mun Cuairt Alba* (Midas Media) showcased some of Scotland's 550 golf courses and demonstrated why it is regarded worldwide as the home of golf. This six-part series heard from golfers young and old, male and female, blind golfers and disabled golfers, and from those who make their living working in golf, as well as featuring tips from professionals.

The channel and its suppliers once more pioneered new collaborations and approaches in showcasing music





Ann an *Trusadh – Mi Fhèin is Mackintosh/Art on Fire* (MacTV) chunnacas oileanaich GSA bhon là an-dè agus an là an-diugh a' meòrachadh air Sgoil Ealain Ghlaschu aig Teàrlach Rennie Mac an Tòisich. Ann an *Trusadh – Togail – A-Liostairean ann an Leòdhas agus Na Hearadh* (MacTV) chunnacas Jayne NicLeòid air chuairt timcheall nan ochd togalaichean air Liosta-A ann an Leòdhas agus Na Hearadh. Ann am *Maorach/Hebridean Shellfish* (TrixPix) chaidh sgrùdadh a dhèanamh air iasgairean mhaorach Uibhist agus na dùbhlain a bha an cois Covid-19 agus Brexit. B' e Hiort, làrach Dualchas an t-Saoghail air an robh sàr-chuairt Cheit NicLeòid a' cuimseachadh ann am *Miann na Maighdinn Mara: Hiort* (MacTV). Bha clàr na Nollaig agus na Bliadhna Ùire a' sealltainn cuairt dhealbhan-beò den Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan le *Cinema Gadelica II* (Caledonia TV). Chaidh eachdraidh àm a' chogaidh sna

B' e dealbh aithriseach de dh'eileanach òg, Aonghas, a bha ann am *Miann na Mara* (Macanta), a bha a' siubhal nan cladaichean a' lorg beathaichean mara, mòr is beag, neònach is mìorbhaileach. Fhuair am prògram seo cuideachd maoin eachdadh a bharrachd bhon Mhaoin Susbaint Luchd-amhairc Òga agus tha seo mar phàirt de dh'iomlaid EBU de na prògraman aithriseach is dràma chloinne as fheàrr bho air feadh na Roinn-Eòrpa.

Thug am Maoin Susbaint Luchd-amhairc Òga cuideachd taic do fhòrmat ùr firinn/dibhearsain, *Pròiseact Plòigh* (Beez Studios), sreath 15-pàirt a tha a' faicinn buidheann de chlann a' feuchainn ri dèanamh a' chùis air luchd-saidheans air leth beachdail làn abhcaidean neònach.

Lean BBC ALBA air adhart a' sealltainn prògraman firinneach aig an robh buaidh mhòr. Chunnac Mìos Eachdraidh Dhubh na seanail a' craoladh *Trusadh – Afro-Gàidheil*

(MacTV) air a preasantadh leis an t-seinneadair, Cass Ezeji. B' e sgrùdadh cumhachdach agus brosnachail a bha seo mu dhearbhaithne. Na chois bha an t-sreath aithriseach làidir (a chaidh fhaotainn agus atharrachadh) *Slighean Tràilleachd* (MacTV).



for audiences, despite restrictions on events. Easter 2021, the second in lockdown, saw BBC ALBA present a celebratory Runrig weekend, broadcasting the band's full three-hour Stirling Castle concert from 2018 as the centrepiece – *Runrig – The Last Dance* (Final Mile BG Ltd.). This was accompanied by the award-winning *City of Lights* (STV) and *Air an Oir* (STV).

Limited in-person capacity at events continued to require collaboration and ingenuity. BBC ALBA's coverage of the Under Canvas event in Inverness in collaboration with Eden Court Theatre saw two 60-minute programmes broadcast presented by Ellen Macdonald, featuring Malin makes Music, Iona Fyfe and Mischa Macpherson. *Julie Fowlis: Ceòl aig Baile* (Beez Studios) saw stunning collaborations with music from Moidart, Skye, Glasgow and Inverness performed in front of bespoke audiences.

Live music featured too: *TRNSMT* (BBC Scotland Productions) was


broadcast in September with a selection of main and support stage acts. For the first time, in partnership with BBC Radio Scotland and Hands up for Trad, the semi-finals of the BBC Radio Scotland Young Traditional Musician 2022 were simulcast live on the channel as well as BBC Radio Scotland. The final, at Glasgow's City Halls as part of Celtic Connections, was also simulcast live.

Coverage of The Royal National Mòd – again on a pandemic footing and with reduced live participant/audience events – continued in collaboration with An Comunn Gàidhealach. TV programmes were hosted from Glasgow by Cathy MacDonald and guests, with live performances coming from Inverness. The An Comunn Gàidhealach Gold Medal, Traditional Gold Medal and the Silver Pendant were simulcast live on BBC ALBA and Radio nan Gàidheal as well as a selection of online performances and two choral concerts. The *MG ALBA Scots Trad Music Awards aka Na Trads* (Beez

Studios) made a welcome return with a live broadcast which celebrated the resilience and innovation of an artistic community highly challenged by the conditions created by the pandemic.

Cèilidh na Bliadhn' Ùire 2021 (BBC Scotland Productions) relocated from Stornoway to Glasgow due to health and safety and resilience considerations in light of the Omicron variant of Covid-19. Hosts were Cathy Macdonald and Niall Iain Macdonald and the cèilidh featured the Glenfinnan Ceilidh Band, Iain Costello MacIver and New Tradition, Emma 'Scalpaigh' MacLeod, Iain Spanish MacKay, Chloe Steele, the Lewis and Harris Youth Pipe Band with a special contribution from Peat and Diesel. The event was available worldwide online and on BBC Radio nan Gàidheal.

Celtic Connections too was affected for a second year by the pandemic. Collaboration between production company Beez Studios and the festival enabled BBC ALBA access to a selection of music streamed as



bunaithean armachd a bh' anns na suidheachaidhean a b' iomallaich a sgrùdadh ann an *Gaisgich sna Glinn* (Caledonia TV). Chunnacas dìleab nan dineasair san Eilean Sgitheanach ann an *Eilean nan Dineasair* (Caledonia TV). Bha fiosrachadh mun sgrìobhadair eadar-nàiseanta as motha a tha a' reic de leabhraichean

Chunnacas sreath ùr de *Seòid a' Chidsin* (Moja). Lean *Alleluia!* (BBC Scotland Productions) air adhart a' tabhann cofhurtachd spioradail fhad 's a bha àiteachan adhradh fhathast dùinte no cuingealaichte. Chrìochnaich an t-sreath le prògram sònraichte a' comharrachadh àm breith an Naomh Colm Cille. Sheall

aig Caisteal Shruighlea ann an 2018 mar am prìomh eileamaid – *Runrig – The Last Dance* (Final Mile BG Ltd.). An cois seo bha *City of Lights* (STV) a fhuair duais agus *Air an Oir* (STV).

Lean an cuibhreachadh a bha ann a thaobh daoine a bhith a' frithealadh thachartasan gu bhith a' cur feum



35

Chunnacas inntrigidhean mìorbhaileach an lùib farpais film-goirid FilmG

ann an *Alistair Maclean: An Sgeulaiche* (Caledonia TV). Dh'innis *Folk that Rock – Ceòl Roc Ceilteach* (Demus Productions) an sgeulachd mu Roc Ceilteach agus a' bhuaidh a th' aige san là an-diugh.

Ann an *Cidsin Granaidh Chalanais* (Caledonia TV) chunnacas Griogair a' feuchainn reasabaidhean traidiseanta. A dh'aindeoin na bha a' leantainn air adhart an lùib Covid chunnacas inntrigidhean mìorbhaileach an lùib farpais film-goirid *FilmG* (MG ALBA) agus chaidh an luchd-buannachd a shealltainn ann am prògram stèidhichte san stiùidio. Anns an t-sreath phrògraman aithriseach, *Eilean Mo Ghaoil* (Corcadal Productions) bha caractaran agus coimhearsnachdan air taobh siar Leòdhais air an riochdachadh. Thug prògram Corcadal Productions mu *Rathairsair* dealbh àlainn seachad air a' chòimhearsnachd bheothail agus na h-iomairtean air Eilean Ratharsair.

Golf: Mun Cuairt Alba (Midas Media) cuid de na 550 cùrsa goilf ann an Alba agus chomharraich e carson a thathar ga mheas air feadh an t-saoghail mar dachaigh goilf. San t-sreath sia-phàirteach seo chualas bho luchd-cluiche goilf, òg agus aosta, fireann agus boireann, dall agus ciorramach, agus bho fheadhainn a tha a' dèanamh an cuid cosnaidh bho bhith ag obair ann an goilf, cho math ri beachdan bho phroifeiseantaich.

Bha an t-seanail agus a sholaraichean aon uair eile an sàs ann a bhith a' tùsairachd cho-obrachaidhean agus mhodhan-obrach ùra ann a bhith a' cur ceòl fa chomhair luchd-amhairc, a dh'aindeoin nam bacaidhean air tachartasan. Aig àm na Càisge 2021, an dàrna tè on thàinig an glasadh, chunnacas deireadh sheachdain mar chuimhneachan air Runrig air BBC ALBA, a' craoladh cuirm slàn a' chòmhlain a mhair trì uairean a-thìde

air co-obrachadh agus innleachdas: chunnacas le dèiligeadh BBC ALBA ris an tachartas Under Canvas ann an Inbhir Nis ann an co-chonaltradh ri Tèatar Eden Court, dà phrògram 60-mionaid air a chraoladh is air a phreasantadh le Ellen Nicdhòmhnail, anns an robh Malin makes Music, Iona Fyfe agus Mischa Nic a' Phearsain. Chunnacas ann an *Julie Fowlis: Ceòl aig Baile* (Beezr Studios) co-obrachaidhean air leth le ceòl à Mùideart, An t-Eilean Sgitheanach, Glaschu agus Inbhir Nis air beulaibh luchd-amhairc sònraichte.

Bha ceòl beò cuideachd air a thaisbeanadh: bha *TRNSMT* (BBC Scotland Productions) air a chraoladh san t-Sultain le taghadh de phrìomh luchd-ciùil bhon stèidse a thuilleadh air feadhainn a bha a' toirt taic. Airson a' chiad turas, ann an com-pàirteachas le BBC Radio Scotland agus Hands up for Trad, chaidh na h-iar-chuairtean deireannach de

part of the festival for future *Cuirm@ Celtic Connections* episodes. The *Seirm* series, presented by Mary Ann Kennedy, offered a stellar international line-up of the festival's best artists and familiar faces.

Despite ongoing challenges due to the pandemic, sport coverage continued to create important audience value for BBC ALBA, delivered by supplier NemetonTV. In Spring 2021 Scottish Women's Football established a safe return for women's football and BBC ALBA secured the rights to additional fixtures to showcase the ending of the 2020/21 season. In men's football, the culmination of the very unusual 2020/21 football season was shared on BBC ALBA in its live coverage of the League 1 and Championship playoffs. The SPFL resumed at the beginning of August.

The 2021/22 women's football season saw BBC ALBA invest in unprecedented coverage of the Scottish Women's Premier League as well as the FIFA Women's World Cup qualifying matches for the Scottish Women's National Team. Live coverage of the Scottish Women's National Team included their participation in the Pinatar friendlies in Spain. Agreement was reached with BBC Scotland to deliver a choice of commentary on the national women's team games.



36

In rugby, Scotland's Women secured their place in the Rugby World Cup in New Zealand with live coverage of the qualifying games against Ireland and Spain, followed by Colombia, on BBC ALBA.

Shinty resumed – later in the summer than usual – but welcome. An approach was agreed with BBC Scotland for the Camanachd Cup final to alternate from BBC ALBA to BBC Scotland from Autumn 2021. That final, broadcast for the first time on BBC ALBA, saw Kinlochshiel win for the first time against Lovat.

The pandemic created its own complex challenges for the *Eòrpa* (BBC Scotland Productions) team. The largely Scottish-based agenda resonated with the audience, and the team won an RTS for their coverage of the historic links between the Highlands and the slave trade. Coverage also included the debate in the Western Isles surrounding the use of new national materials to teach personal education, the rural housing crisis, the difficulties of asylum seekers and refugees in Glasgow, the impact of the renewable energy industry on

Neach-ciùil Traidiseanta Òg BBC Rèidio Alba 2022 an craoladh beò aig an aon àm air an t-seanail cho math ri air BBC Radio Scotland. Bha a' chuairt dheireannach cuideachd air a' chraoladh beò aig an aon àm ann an Tallaichean Baile Ghlaschu mar phàirt de Cheanglaichean Ceilteach aon uair eile.

Lean craoladh den Mhòd Nàiseanta Rioghail – a-rithist air stèidh mòr-ghalair agus le lùghdachadh san àireamh de thachartasan luchd-com-pàirt/luchd-amhairc – an co-bhuinn ris a' Chomunn Ghàidhealach. Bha prògraman TBh air an cur air adhart à Glaschu fo stiùir Chathy NicDhòmhnaill agus aoiaghean, le tachartasan beò a' tighinn à Inbhir Nis. Bha Bonn Òr, Bonn Òr Traidiseanta agus Aigeallan Airgead a' Chomunn Ghàidhealach air an craoladh beò air BBC ALBA agus Radio nan Gàidheal cho math ri taghadh de thachartasan air-loidhne agus dà chuir-m-ciùil còisir. Bhathar toilichte gun do thill *Duaisean MG ALBA Ceòl Traidiseanta na h-Alba ris an canar cuideachd Na Trads* (Beezr Studios) le craoladh beò a bha a' comharrachadh fulangas agus ùr-ghnàthachas de choimhearsnachd ealanta a chaidh a dhùbhlachadh gu mòr mar thoradh air na suidheachaidhean a chaidh an cruthachadh leis a' mhòr-ghalair.

Dh'atharraich Cèilidh na Bliadhn' Ùire 2021 (BBC Scotland Productions) bho Steòrnabhagh gu Glaschu mar thoradh air slàinte is sàbhailteachd agus beachdan fulangach mar thoradh air strèan Omicron de Covid-19. B' iad Cathy NicDhòmhnaill agus Niall Iain Dòmhnallach a bha os cionn chùisean agus an sàs sa chèilidh bha an Glenfinnan Ceilidh Band, Iain Costello MacIomhair agus

New Tradition, Emma 'Scalpaigh' NicLeòid, Iain Spanish MacAoidh, Chloe Steele, Còmhlan Pìoba Òigridh Leòdhais is Na Hearadh le cur-ris sònraichte bho Peat and Diesel. Bha an tachartas ri fhaotainn air-loidhne air feadh an t-saoghail agus air BBC Radio nan Gàidheal.

Airson an dàrna bliadhna bha buaidh aig a' mhòr-ghalair air Celtic Connections cuideachd. Thug co-obrachadh eadar a' chompanaidh riochdachaidh Beezr Studios agus an fhèis cothrom do BhBC ALBA taghadh de chèol fhaighinn a bha air a shruthadh mar phàirt den fhèis airson *Cuirm@Celtic Connections* eile san àm ri teachd. Thabhan an t-sreath *Seirm*, air a riochdachadh le Màiri Anna NicUalraig, sreath de rionnagan luchd-ealain eadar-nàiseanta agus feadhainn air a bheilear eòlach co-cheangailte ris an fhèis.

A dh'aindeoin dùbhlain leantainneach co-cheangailte ris a' ghalair, lean craoladh spòrs air a' cruthachadh luach cudromach airson luchd-amhairc BBC ALBA, air a lìbhrigeadh leis an t-solaraiche Nemeton TV. As t-Earrach 2021 thill Ball-coise Ban na h-Alba air ais gu sàbhailte agus dhearbhadh BBC ALBA nan còraichean airson gheamannan a bharrachd gus sealltainn deireadh sèasan 2020/21. Ann am ball-coise nam fear, bha deireadh sèasan ball-coise 2020/21 a bha air leth annasach air a cho-roinn air BBC ALBA de chraoladh beò Lìg 1 agus geamaichean dearbhaidh an Championship. Thòisich an SPFL air ais aig toiseach an Lùnastail.

Chunnaic sèasan ball-coise nam ban 2021/22 BBC ALBA a' dol an sàs ann an craoladh nach do thachair a-cheana ann an Prìomh Lìg nam Ban

an Alba cho math ri geamannan ro-fharpaiseach Cupa an t-Saoghail FIFA nam Ban airson Sgioba Nàiseanta nam Ban an Alba. Bha craoladh beò de Sgioba Nàiseanta nam Ban an Alba a' gabhail a-steach an com-pàirteachas ann an geamannan càirdeil Pinatar san Spàinn. Chaidh aonta a ruighinn le BBC Scotland gus taghadh de dh'aithris a thoirt air geamannan sgioba nam ban nàiseanta.

Ann an rugbaidh, fhuair Mnathan na h-Alba àite ann an Cupa Rugbaidh an t-Saoghail ann an Sealainn Nuadh le craoladh beò de na geamannan an aghaidh Èirinn agus an Spàinn, agus an dèidh sin Colombia, air BBC ALBA.

Thòisich camanachd a-rithist – na b' fhaide air adhart air an t-samhradh na b' àbhaist – ach chaidh fàilte a chur air. Chaidh modh-obrach aontachadh le BBC Scotland airson gèam-deireannach Cupa na Camanachd a chraoladh turas mu seach air BBC ALBA agus BBC Scotland bhon Fhoghar 2021. Chunnacas sa gheama dheireannach sin, a chaidh a chraoladh airson a' chiad turas air BBC ALBA, Ceann Loch Seile a' buannachadh airson a' chiad turas an aghaidh Lòbhait.

Chruthaich am mòr-ghalair na dùbhlain iom-fhillte aige fhèin airson sgioba *Eòrpa* (BBC Scotland Productions). Bha an clàr-obrach stèidhichte gu mòr ann an Alba agus bhuannaich an sgioba RTS airson na rinn iad mu na ceanglaichean eachdraidheil a bha eadar a' Ghàidhealtachd agus malairt nan tràillean. Bha iad cuideachd a' dèiligeadh ris an deasbad a tha a' dol sna h-Eileanan Siar mu chleachdadh stuthan ùra nàiseanta gu bhith a' teagasg foghlam pearsanta, staing




37



38

communities in the Highlands and Islands, and a special edition on gender identity.

The news agenda was dominated by the pandemic and, in the Spring of 2021, by the Scottish parliamentary election, the emergence of new political parties, and the death and funeral of the Duke of Edinburgh. All TV and radio channels and stations were recalled and switched to single services for the announcement of the



taigheadais dùthchail, duilgheadasan luchd-sireadh comraich agus fògarraich ann an Glaschu, buaidh a' ghniomhachais lùth ath-nuadhachail air coimhearsnachdan air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, agus prògram sònraichte mu dhearbha-aithne gnè.

Bha clàr-ghnothaich nan naidheachdan gu mòr stèidhichte air a' mhòr-ghalair agus, as t-Earrach 2021, air taghadh phàrlamaideach na h-Alba, tighinn gu bith de phàrtaidhean poilitigeach ùra, agus bàs agus adhlacaidh Diùc Dhùn Èideann. Bha na seanailean TBh agus rèidio air fad air an gairm air ais agus air an libhrigeadh mar sheirbheisean singilte airson bàs an Diùc ainmeachadh, agus chaidh seo a leantainn le clàr de phrògraman sònraichte. Chaidh prògram sònraichte de *An Là* a chraoladh air an là a chaidh ainmeachadh.

Rinn *An Là* prògraman sònraichte dà uair a thìde a dh'fhaid mar phàirt de chraoladh mu thaghadh pàrlamaideach na h-Alba, a thuilleadh air a phrògraman làitheil. Bha prògraman *An Là* mu na toraidhean a' gabhail a-steach prògram nas fhaide de *An Là* air an Disathairne an dèidh an taghaidh, le prògram de dh'fhiosrachadh mun taghadh air feasgar na Sàbaid.

Tha BBC ALBA pròiseil mun àite sònraichte a thathar a' toirt dhan àrainneachd agus mar a thathar a' dèiligeadh ris ann am prògraman na seanail. San t-Samhain 2021 chunnacas COP26 a' gabhail àite ann an Glaschu, an 26mh Co-labhairt aig an UN air Atharrachadh na Gnàth-shìde. Bha an tachartas cruinneil air fhaicinn thar prògraman BBC ALBA, air a stiùireadh le sgioba BBC

Naidheachdan. Rinn *Eòrpa* (BBC Scotland Productions) craoladh de phrògram sònraichte a bha a' dèiligeadh an dà chuid ri seallaidhean na Gàidhealtachd agus na Roinn-Eòrpa air dùbhlain atharrachadh na gnàth-shìde. Rinn Sweeny bho *An Lot* (MacTV) cruinneachadh air beachdan bhon Cheann a Tuath agus Na h-Eileanan an Iar mu cheistean co-cheangailte ri seasmhachd agus an àrainneachd ann an *Mac is Uaine* agus *Uaine* (BBC Scotland Productions), sreath de phrògraman 8 x 6 mionaid mun àrainneachd, a chaidh an craoladh air CBBC ALBA, a' coimhead ri lùths, bho chumhachd na gaoithe gu haidhdho.


Chaidh an àrainneachd nàdarra a chomharrachadh air ùrlaran thar na bliadhna tro àireamh de phrògraman. Choinnich Calum MacIleathain daoine de gach aois a bha air tilleadh gu nàdar thar na bliadhna, ann an *Air Ais Gu Nàdar* (Mactv). Ann an *Dealbh is Slighe* (BBC Scotland Productions) chaidh an t-aon riochdaire air sreath de chuirtean diofraichte a chrìochnaich le cothrom air dealbhan camara. Bha cothrom ann beairteas agus iomadachd an t-saoghail nàdarra agus na daoine a bha ann fhaicinn tro lionsa a' chamara. Bha *An Cuan Sgìth* air a chomharrachadh anns a' phrògram *An Cuan Sgìth* (Mast Àrd Studio). B' e sreath air a' bhilè a-muigh a bha ann an *Dàna/ Scotland's Wild Side* (Solus Productions) leis an riochdaire Coinneach Rankin an sàs ann an sreath de dhùbhlain dèidh air a' bhilè a-muigh. Bha an t-sreath air a choimiseanadh an dèidh do bhidio FilmG a fhuair duais a bhith air a dhèanamh leis an riochdaire/stiùiriche Hamish MacLeòid. Còmhla ris a' phrògram TBh, bha podcast na chois a bha air a chraoladh air BBC Sounds.

Chaidh *An Leòmhann an Tìr nan Òg* (Watercolour Music) a leasachadh agus a mhaoineachadh mar phròiseact airson rèidio, anns an robh Màiri Anna NicUalraig a' sgrùdadh ceanglaichean Ceilteach an ùghdair C. S. Lewis agus an leabhar as ainmeil aige *The Lion, The Witch and The Wardrobe*. Bha am prògram a lean uair a-thìde a' gabhail a-steach fuaimean inntinneach agus ceòl a chaidh a chlàradh a dh'aon-ghnothaich le daoine a' bruidhinn ann am Beurla, Gàidhlig agus Gaeilge.

Tha BBC ALBA a' com-pàirteachadh anns a' phròiseact co-ionannachd gnè *50:50* aig a' BhBC a tha a' comharrachadh toraidhean cothromach cunbhalach a thaobh riochdachadh gnè. Tha gach coimisean BBC ALBA a' measadh iomadachd a' cleachdadh foirmean measaidh air iomadachd, a' cuimseachadh gnìomh sholarraichean air iomadachd agus in-ghabhaltas.

Bhon Fhaoilleach 2022 thàinig teisteanachadh ullachadh lorgan càrboin gu bhith àithnteil. Tha goireasan-taic airson solaraichean a' gabhail a-steach seata innealan de àireamhair càrboin, a leigeas le bhith a' clàradh lorg càrboin gach nì, agus frèam-obrach airson Plana-gnìomh Càrboin. Tha am Plana-gnìomh Càrboin air a dheilbh gus leigeil le lorg càrboin riochdachaidhean a bhith, chan e a-mhàin air an tomhas ach cuideachd a bhith gu gnìomhach a' gabhail cheumannan airson an lùghdachadh.

Mar phàirt de dh'ùrachadh air seirbheisean a' BhBC air fad, chaidh logo air-sgrion BBC ALBA atharrachadh.



Duke's death, followed by a schedule of special programming. A special edition of *An Là* was broadcast on the day of the announcement.

An Là broadcast two-hour long specials as part of its Scottish parliamentary election coverage, in addition to its daily coverage. *An Là* results coverage included an extended edition of *An Là* on the post-election Saturday, followed by an election compendium on the Sunday evening.

BBC ALBA is proud of the special place the environment and its stewardship has in the channel's programming. November 2021 saw COP26 take place in Glasgow, the 26th UN Climate Change Conference of the Parties. The global event was reflected across BBC ALBA output, led by the BBC Naidheachdan team. *Eòrpa* (BBC Scotland Productions) broadcast a one-hour special covering both Highland and European perspectives on the climate change challenge. *An Lot's* (MacTV) Sweeny gathered island views from the Northern and Western Isles on questions of sustainability and the environment in *Mac is Uaine* and *Uaine* (BBC Scotland Productions), a series of 8 x 6 minute programmes on the environment, was broadcast on

CBBC ALBA, looking at energy, from windpower to hydro.

The celebration of the natural environment was platformed through a number of programmes across the year. Calum Maclean met people of all ages who had returned to nature over the year, in *Air Ais Gu Nàdar* (Mactv). In *Dealbh is Slighe* (BBC Scotland Productions) the same presenter embarked on a series of unique journeys that culminated in a photographic opportunity. The richness and diversity of the natural world and its human inhabitants seen through the lens of the camera. *The Minch* featured in the series *An Cuan Sgìth* (Mast Àrd Studio). *Dàna/ Scotland's Wild Side* (Solus Productions) was a new outdoor series with presenter Coinneach Rankin taking on a series of outdoor adventure challenges. The series was commissioned following a prizewinning FilmG video made by the presenter with producer/director Hamish Macleod. Alongside the TV programme, an accompanying podcast was broadcast on BBC Sounds.

An Leòmhann an Tìr nan Òg (Watercolour Music) was developed and funded as a project for radio, through which Mary Ann Kennedy explored the celtic connections of the

author C. S. Lewis and his most famous work, *The Lion, The Witch and The Wardrobe*. The hour-long programme included an engaging soundscape alongside specially recorded music featuring contributors speaking in English, Gaelic and Gaeilge.

BBC ALBA participates in the BBC's *50:50* gender equality project which shows consistent balanced results in gender representation. All BBC ALBA commissions assess diversity using diversity reflection forms, focusing supplier action on diversity and inclusion.

From January 2022 certification of production carbon footprints became mandatory. Support resources for suppliers include a toolkit of a carbon calculator, enabling the documentation of the carbon footprint of each production, and a framework for a Carbon Action Plan. The Carbon Action Plan is designed to enable productions to not only measure their carbon footprint but actively take steps towards reducing it.

As part of a refresh of all BBC services, BBC ALBA's on-air logo was renewed.

Ginealach ùr de thàlant nam meadhanan Gàidhlig

A new generation of Gaelic media talent



40

Hamish MacLeòid, Innse Gall
Filmeadair agus Deasaiche air a cheann fhèin

Hamish Macleod, Outer Hebrides
Freelance Filmmaker and Editor

An rud as fheàrr mun obair agad: 'S urrainn dhomh m' obair agus na h-amasan agam a dhèanamh freagarrach do na h-ùidhean agam fhìn an àite a bhith ag obair a rèir beachdan cuideigin eile.

Best thing about your job: I can tailor my work and my goals to my own interests which is much more creatively fulfilling than working to someone else's brief.

An rud as fheàrr gu ruige seo: A' filmeadh Dàna le sgioba beag ach èifeachdach, bha e comasach dhuinn dealbhan àrd-chàileachd, tarraingeach fhaighinn ann an àiteachan air leth dùbhlach.

Career highlight: Filming Dàna with a small but efficient team, we were able to get high-quality, captivating footage in some extremely challenging locations.

Dè tha ri thighinn? 'S e an dùbhlach as motha a bhios agam 's e mar a chuireas mi crìoch air filmeadh airson an dàrna sreath de Dàna ann an dòigh a fhreagras air ìre agus spòrs a' chiad sreath.

What's next? My biggest challenge is finishing filming for series two of Dàna in a way that matches the scale and excitement of the first series.

Innes MacIomhair, Eilean Leòdhais
Preantas Ceumnaiche Gnìomhachais, MacTV

Innes Maciver, Isle of Lewis
Business Graduate Apprentice, MacTV

An rud as fheàrr mun obair agad: A thuilleadh air a bhith a' cur mo chuid ionnsachadh gu feum, tha e air còrdadh rium a bhith a' cur eòlas air mo cho-obraichean agus a bhith nam phàirt de sgioba.

Best thing about your job: As well as putting theory into practice, I've enjoyed getting to know the people I work with and becoming part of the team.

An rud as fheàrr gu ruige seo: Tha mi a' faighinn cothrom ionnsachadh mu na thachras air cùl a' chamara an cois mo chuid ionnsachaidh ann an rianachd gnìomhachais.

Career highlight: The opportunity to learn about what happens behind the scenes of Gaelic television alongside my studies in business management.

Dè tha ri thighinn? Leanaidh mi ag obair air mo theisteanas agus a' faighinn sgilean agus eòlas luachmhor aig MacTV. Tha mi a' coimhead air adhart ri faicinn dè thachras san àm ri teachd.

What's next? I'll continue to work on my qualification whilst gaining valuable skills and experience at MacTV. I'm looking forward to seeing what the future holds.



41



42

Rachel NicAoidh, Eilean Leòdhais
Riochdaire, Mantra TV

Rachel Mackay, Isle of Lewis
Producer, Mantra TV

An rud as fheàrr mun obair agad: Bidh mi a' faighinn toileachas bho bhith a' faicinn sgeulachdan a' nochdadh bho na h-ìrean leasachaidh gu TX.

Best thing about your job: It's a privilege to play a part in telling people's stories and I get a thrill from watching tales unfold from development to TX.

An rud as fheàrr gu ruige seo: Le sgioba air leth air ar cùlaibh, agus le taic bhon a h-uile duine aig MG ALBA, tha sinn air a' chiad sreath againn fhaicinn air BBC ALBA.

Career highlight: With great crew and the support of everyone at MG ALBA behind us, we've seen our first series successfully aired on BBC ALBA.

Dè tha ri thighinn? Tha pròiseactan ùra inntinneach air fàire – cumaibh sùil a-mach!

What's next? Production has started on some exciting new projects – watch this space!

Lèirmheas Leasachaidh

Ionnsachadh

Bha fòcas an sgioba Ionnsachadh Air-loidhne thar na bliadhna ionmhais air a bhith a' cruthachadh agus a' cur air bhog SpeakGaelic a' gabhail a-steach a bhith a' stèidheachadh ionnsachadh air-loidhne bho thùs agus làrach-lìn agus obair air na meadhanan sòisealta bho là gu là. Is e obair air leth mòr a bha seo. Mar thoradh air seo bha dèanadas LearnGaelic measgaichte, le meudachadh ann an luchd-leantainn agus luchd-clàraidh, meudachadh sna seallaidhean subsaint cruth-goirid gu 817,000, ach lùghdachadh ann an dol an sàs leis na meadhanan sòisealta (gu 198,000) agus air seallaidhean air duilleagan làrach-lìn agus cuibheasachd luchd-cleachdaidh gach mìos gu 43,660.

a bhith a' faighinn taic bho bhith a' co-roinn an t-aon ùrlair, agus a' meudachadh dol an sàs agus luchd-amhairc gach cruthaichear. Tha an t-susbaint cuideachd ri fhaotainn air www.carnghaidhlig.com agus tha e san amharc gum bi an làrach-lìn air fhoillseachadh gu poblach le MG ALBA leis a' chomas gum bi luchd-ùidh MG ALBA cuideachd a' dèanamh seo.

FilmG

Fhuair FilmG an àireamh de dh'inntigidhean air an robhar ag amas, a dh'aindeoin nan duilgheadasan a bha a' leantainn a thaobh a bhith a' libhrigeadh co-fharpais ann an 2021/22. Bha an ath-mheudachadh ann an Covid a' ciallachadh, airson an dàrna bliadhna, gun deach prògram craolaidh sònraichte nan duaisean airson BBC

sgìobaidhean ann an MG ALBA airson 10 seachdainean far an d' fhuair iad eòlas agus fèin-fhiosrachadh thar na buidhne. Mar sin bha e comasach gun a bhith a' leigeil le suidheachaidhean cruinn-eòlach a bhith a' toirt buaidh air an luchd-com-pàirteachaidh a bha stèidhichte ann an Obar Dheathain, Dùn Èideann, Glaschu, An t-Òban agus Na h-Eileanan an Iar.

Tha am Buidheann Comhairleachaidh Trèanaidh a' Ghnìomhachais a' comhairleachadh greisean gnìomhachais oileanaich Sabhal Mòr Ostaig a tha air an DipHE nam Meadhanan Gàidhlig agus bidh e a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna. Tha riochdairean air bho SMO agus MG ALBA, Midas Media, Nemeton TV, Caledonia TV, agus am BBC.

"Thug sgeama trèanaidh an t-samhraidh orm a bhith mothachail air na tha de chothroman anns na meadhanan Gàidhlig, b' e fìor dheagh eòlas a bh' ann."

Seumas Mac a' Ghobhainn, oileanach samhraidh, 2021

Com-pàirteachas

Stuthan fèin-chruthaichte (ugc)

Chaidh a' bhun-bheachd de thasglann stuth fèin-chruthaichte – càrn – a leasachadh agus a chur air chois. Tha càrn a' toirt ri chèile ugc Gàidhlig a tha ann a-cheana agus ga cho-roinn tro bhrann sa mheadhan thar nam meadhanan sòisealta, a' leigeil le guthan diofraichte air cùl na subsaint

ALBA a chlàradh ann an Steòrnabhagh, leis an luchd-film a bhuannaich an sàs bho air feadh na dùthcha.

Trèanadh

Le Covid-19 fhathast na chùis chudromach, chuir MG ALBA modh-obrach didseatach ris na greisean gnìomhachais samhraidh ann an 2021. Bha ceangal eadar sia oileanaich agus

Tha iad a' faighinn taic de £7k an urra agus tha iad a' faicinn nan oileanach bhon chùrsa a' cur an dàrna bliadhna seachad aig companaidhean riochdachaidh taghta. Fhuair trìuir de dh'oileanaich na dàrna bliadhna air DipHE nam Meadhanan Gàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig bursaraidh airson an greisean gnìomhachais a choileanadh ann an 2021/22.

Development Review

Learning

The focus of the Online Learning team across the financial year was on SpeakGaelic build and launch, including online learning origination and day to day website and social media operation. This was a significant task. LearnGaelic's performance was mixed as a result, with an increase in followers and subscribers, an increase in short-form content views to 817,000, but a decrease in social media engagement (to 198,000) and in website page views and monthly average unique users to 43,660.

Participation

User Generated Content (ugc)
The Gaelic ugc aggregation concept – càrn – was developed and launched. càrn brings together existing Gaelic ugc and shares it through a central brand across social media, allowing for the individual voices behind the content to be bolstered by sharing the same stage, and increasing each creator's individual engagement and audience. The content is also available at www.carnghaidhlig.com and it is intended that the website is displayed publicly by MG ALBA with the potential for MG ALBA stakeholders to do so also.

FilmG

FilmG hit its target number of entries, despite the ongoing challenges of competition delivery in 2021/22. The resurgence in Covid meant that for a second year, a special awards broadcast for BBC ALBA was recorded in Stornoway, with winning filmmakers contributing from across the country.

Sgeama Trèanaidh an t-Samhraidh





44

Chuir MacTV Preantasachd Ceumnaiche Rianachd Gnothachais an dreuchd, le taic bho MG ALBA, mar phàirt den chùmhnannt ioma-bhliadhna.

Thug taicean trèanadh eile prìomhachas do thrèanadh ann an Gàidhlig do luchd-solair, le cuid de luchd-obrach solarachan BBC ALBA a' faighinn trèanadh air taobhan de ghràmar na Gàidhlig fo aoigheachd Chomhairle nan Leabhraichean. Thug MG ALBA cuideachd taic seachad le trèanadh Gàidhlig airson *Spòrs nam Boireannach 360* (Nemeton TV).

Chaidh taic a thoirt don Young Film Foundation.

Sponsaireachd

Lean MG ALBA orra mar sponsair ainmichte airson Duaisean Ciùil Traidiseanta MG ALBA, le fàilte dha chur air tilleadh gu fòrmat beò air BBC ALBA. Chaidh na duaisean a thoirt seachad sa Ghàidhlig, Albais agus Beurla le Màiri Anna NicUalraig agus Alasdair Heather.

Lean dealas MG ALBA ann a bhith a' cur ri ro-innleachd susbaint BBC ALBA airson spòrs nam ban le bhith a' sponsaireadh Boireannach Spòrs na Bliadhna aig Duaisean Spòrs nam Ban an Alba. Rinn MG ALBA cuideachd sponsaireadh air Duais Tosgaire Òg Gàidhlig na Bliadhna aig Duaisean Gàidhlig na bliadhna; bha seo a thuilleadh air an cuideachadh a chaidh a thoirt seachad ann a bhith a' cruthachadh bhidiothan dhan fheadhainn a bh' air a' ghèarr-liosta agus an fheadhainn a bhuannaich aig Duaisean Gàidhlig na Bliadhna.

For-ruigheachd

Sgrionaidhean

B' fheudar na sgrionaidhean a bha air am planadh a bhith air an cur dheth air sgàth a' mhòr-ghalair.


Na meadhanan sòisealta

Bha meadhanan sòisealta MG ALBA gu gnìomhach a' toirt taic do dh'obair MG ALBA agus ga adhartachadh, cho math ri bhith ag adhartachadh ar branndan. Bha fòcas shònraichte air a chur air luchd-amhairc na b' òige le àrdachadh a thaobh susbaint

a bha a' cur fòcas air òigridh thar an Ògmhios, leis an tiotal *Ogmhios*. Dh'adhbharaich seo ìrean àrda de dhol an sàs thar nan ùrlaran corporra, gu h-àraid an lùib nan deugairean.

Sgoiltean

B' ann gu mòr air-loidhne a bha an dol an sàs le sgoiltean, le taic bho Leasachadh Sgìlean na h-Alba, nan aoighean air fèillean-dhreuchdan didseatach. B' e modh-obrach a bha air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd a bh' anns an fhèill-dhreuchdan a chaidh a chumail o chionn ghoirid air an Tairbeart, agus thaisbean MG ALBA na cothroman a tha an lùib nam meadhanan Gàidhlig mar phàirt de mhodh-obrach nas fharsainge a thaobh leasachadh sgìlean.



45

Training

With Covid-19 still a significant factor, MG ALBA undertook a digital approach to summer placements in 2021. Six students linked up with teams within MG for 10 weeks where they gained knowledge and experience across the organisation. This enabled there to be no geographical issues for taking part with participants based in Aberdeen, Edinburgh, Glasgow, Oban, and the Western Isles.

The Industry Training Advisory Group informs the Sabhal Mòr Ostaig DipHE Gaelic Media student placements and meets twice a year. It has representatives from SMO and MG ALBA, Midas Media, NemetonTV, Caledonia TV, and the BBC. These are supported at a cost of £7k each and see students from the course spending their second year at selected production companies. Three second-year students of Sabhal Mòr Ostaig's DipHE Gaelic Media received bursaries to undertake their industry placements in 2021/22.

MacTV appointed a Business Management Graduate Apprenticeship, supported by MG ALBA, as part of their multi-year contract.

Other training support prioritised Gaelic language training for suppliers, with some BBC ALBA supplier staff receiving training on aspects of Gaelic grammar in a programme hosted by Comhairle nan Leabhraichean. MG ALBA also supported Gaelic presenter training for *Women's Sport 360* (NemetonTV).

The Young Film Foundation received support.

Sponsorship

MG ALBA continued as title sponsor of the Scots Trad Music Awards, with a welcome return to a live format on BBC ALBA. The awards were presented in Gaelic, Scots and English by Mary Ann Kennedy and Alastair Heather.

MG ALBA's commitment to complementing BBC ALBA's content strategy for women's sport continued with its sponsorship of the category of Sportswoman of the Year at the Scottish Women in Sport Awards. MG ALBA also sponsored the Young Gaelic Ambassador of the Year Award at the annual Scottish Gaelic Awards; this contribution was in addition to the contribution in kind of all the shortlist and winner videos at the Scottish Gaelic Awards.

Outreach

Screenings

Planned screenings had to be cancelled because of the pandemic.

Social media

MG ALBA's social media actively supported and promoted the work of MG ALBA, as well as promoting our brands. A particular focus was placed on younger audiences with a promotion on youth focused content across June, titled *Ogmhios*. This generated high levels of engagement across the corporate platforms, particularly from the teen demographic.

Schools

School engagement was primarily online with a number of schools, with support from Skills Development Scotland, hosting digital careers fairs. The most recent careers fair in Tarbert, was a community led approach and MG ALBA showcased the opportunities of Gaelic media as part of a broader approach to skills development.

Aithris Riaghlaidh

Bun-stèidh

Tha Earrannan 183-184 agus Earrann 19 Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Earrannan 208-210 Achd Conaltraidh 2003) air Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a stèidheachadh mar bhuidheann corporra. Tha am buidheann ag obrachadh fon ainm MG ALBA (Meadhanan Gàidhlig ALBA).

'S e dleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an libhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba agus daoine eile.

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 183(4B) de Achd Craolaidh 1990 (air a chur a-steach le earrann 208 de Achd Conaltraidh 2003). Tha reachdas cuideachd a' solarachadh gum faod MG ALBA maoinachadh no pàirt a ghabhail ann an solar trèanaidh agus rannsachadh luchd-amhairc.

Tha ullachadh ann an Earrann 183(1) Achd Craolaidh 1990, mar a chaidh atharrachadh le earrann 17(2) de dh'Achd na h-Alba 2012, gum feum Ministearan na h-Alba, airson gach bliadhna ionmhais, an t-sùim sin a phàigheadh do Ofcom a dh'fhaodas iad a cho-dhùnadh a tha iomchaidh airson adhbharan MG ALBA.

Bidh Ofcom a' cur buill MG ALBA an dreuchd, le cead bho Mhinistearan na h-Alba, agus a' coileanadh nan gnìomhan riaghlaidh sin a tha air am mìneachadh ann an reachdas a thaobh MG ALBA.

Am Bòrd agus a Chomataidhean

Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh Ofcom a' cur buill MG ALBA an dreuchd, le cead bho Mhinistearan na h-Alba. Air 31 Màrt 2022, bha naoinear Bhall ann, le riochdachadh gnè de chòigear bhoireannach agus ceathrar fhìreannach. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna.

Feumaidh buill ainmichte le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghnìomhachais riochdachaidh neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir air a' Bhòrd.

Tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Obrachaidh bliadhnail. Feumaidh am Plana a dhol gu Ofcom agus tha e a' feuchainn ri adhartas a dhèanamh mu choinneimh nan amasan a chaidh an comharrachadh ann an Lèirsinn 2021, ro-innleachd còig bliadhna na buidhne. Dh'fhoillsich MG ALBA an ro-innleachd ùr còig bliadhna aige – *Lèirsinn: Mapa Slighe airson nam Meadhanan Gàidhlig*, san Dùbhlachd 2021.

Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdadh agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra. Tha iad rim faighinn aig www.mgalba.com.

Tha am Bòrd air dà chomataidh a stèidheachadh gus taic a thoirt ann a bhith a' libhrigeadh a chuid dhleastanasan.

Tha a' *Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh* a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimhseachadh riosgan, siostaman in-smachd agus frèama-obrach dearbhaidh. Tha am Bòrd a' toirt ùghdarras manaidseadh practaigeach an sgrùdaidh bhon taobh a-muigh dhan Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh. Tha e an urra ris a' Chomataidh beachdachadh air a' phlana sgrùdaidh agus na toraidhean a thig às agus airson a bhith ag aithris laigsean agus a' cur an sàs modhan gus na laigsean sin a làimhseachadh leis a' Bhòrd air fad mar phàirt den phròiseas a' leantainn gu aonta ris na cunntasan reachdail agus an aithisg bhliadhnail. Bidh a' Chomataidh, ann an co-chomhairle leis an Àrd-Oifigear mar Oifigear Cunntachail, cuideachd a' faighinn aithisgean in-sgrùdaidh, a rèir prògram-obrach de sgrùdadh in-thaigh air aontachadh leis a' Chomataidh fhèin. Bidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh a' coinneachadh co-dhiù ceithir turais sa bhliadhna.

Tha *Comataidh a' Chathraiche* a' cuideachadh a' Bhùird air planadh leantainneachd bhall le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan sgìlean bhall air an

Governance Statement

Establishment

Sections 183-184 and Schedule 19 Broadcasting Act 1990 (as amended by sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules and sections 208-210 Communications Act 2003) have established Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, the Gaelic Media Service, as a body corporate. The body operates under the name MG ALBA (Meadhanan Gàidhlig ALBA).

The remit of MG ALBA is to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland and to others.

MG ALBA is empowered to finance or to make programmes and may hold a broadcast licence other than those specifically listed in section 183(4B) of the 1990 Act 1990 (inserted by section 208 of the 2003 Act). Statute also provides that MG ALBA may finance or engage in the provision of training and audience research.

Section 183 (1) Broadcasting Act 1990, as amended by section 17(2) Scotland Act 2012, provides that the Scottish Ministers must, for each financial year, pay to Ofcom such amount as they may determine to be appropriate for MG ALBA's purposes.

Ofcom appoints the members of MG ALBA, with the approval of Scottish Ministers, and exercises those governance functions that are set out in statute in relation to MG ALBA.

The Board and its Committees

The Board is comprised of up to 12 members including the Chair. Members are appointed by Ofcom, with the approval of Scottish Ministers. On 31 March 2022, there were 9 Members, with a gender composition of 5 female and 4 male. Each Board member serves for a period of up to four years.

The Board must include members nominated by Highlands and Islands Enterprise, the BBC and Bòrd na Gàidhlig. Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

The Board adopts an annual Operational Plan. This Plan must be submitted to Ofcom and seeks to make progress against the objectives identified in MG ALBA's five-year strategy. MG ALBA published its new five-year Vision, *Lèirsinn: A Route Map for Gaelic Media*, in December 2021.

The Board and its committees periodically review and revise policies. Those are available at www.mgalba.com.

The Board has established two committees to assist in the discharge of its functions.

The *Audit & Assurance Committee* advises the Board on MG ALBA's risk management, internal controls, and assurance framework. The Board

delegates the practical management of the annual external audit to the Audit & Assurance Committee. The Committee is responsible for considering the audit plan and audit findings in depth and for discussing reportable weaknesses and relevant remedies with the full Board as part of the process leading to the approval of the statutory accounts and annual report. The Committee, in consultation with the Chief Executive as Accountable Officer, also receives internal audit reports, according to a programme of internal audit agreed by the Committee itself. The Audit & Assurance Committee meets at least four times annually.

The *Chair's Committee* assists the Board with effective succession planning by ensuring that Board member skills requirements are promptly identified and by assisting Ofcom in the formal recruitment process for new members. The Committee also advises the Board on staff and remuneration policies as well as on corporate social responsibility, including the social, community, and environmental impacts of MG ALBA. The Chairs' Committee meets at least twice annually.

The *Content, Skills & Engagement Committee* was disestablished during the year. Its role of considering the strategic allocation of MG ALBA's resources to Gaelic media content, skills and engagement was agreed to be a matter for the full membership.

aithneachadh le bhith a' cur taic ri Ofcom sa phròiseas fastaidh foirmeil airson buill ùra. Bidh a' Chomataidh cuideachd a' comhairleachadh a' Bhùird air poileasaidhean luchd-obrach agus pàighidh a thuilleadh air uallach sòisealta corporra, a' gabhail a-steach buaidhean sòisealta, coimhearsnachd agus àrainneachdail MG ALBA. Bidh Comataidh a' Chathraiche a' coinneachadh co-dhiù dà uair sa bhliadhna.

Chaidh a' Chomataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean a toirt gu crìoch rè na bliadhna. Chaidh aontachadh gum biodh an dleastanas a bhith a' beachdachadh air riarachadh ro-innleachdail de ghoireasan MG ALBA gu susbaint, sgilean agus conaltradh mheadhanan Gàidhlig, mar chùis don làn bhallrachd.

Inbhean, siostaman agus smachdan

Tha MG ALBA dealasach mu ìrean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cum MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh riosgan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs deilbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Anns a' bhliadhna thòisich MG ALBA air Frèam-obrach Dearbhaidh a leasachadh gus riaghladh ro-innleachdail air riosg a neartachadh.

An Sgioba Àrd-stiùiridh

Tha Sgeama Tiomnachaidh is Rianachd MG ALBA a' mìneachadh an ùghdarrais a tha air a thiomnadh do dh'oifigearan.

Tha am Bòrd a' cur an Àrd-Oifigeir an dreuchd, le uallach dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luach an airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd-Oifigeir a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA.

Tha an t-uallach iomlan air an Àrd-Oifigeir airson dèanamh cinnteach gu bheil deagh riaghladh a thaobh Manaidseadh Chunnartan air a choileanadh gu h-iomchaidh agus gu bheil dearbhadh gu leòr aig a' Bhòrd agus na comataidhean aige gu bheil prìomh chunnartan ro-innleachdail air an riaghladh gu h-iomchaidh.

Tha an Sgioba Àrd-stiùiridh (SAS) air a dhèanamh an àirde leis an Àrd-Oifigeir, Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair, Stiùiriche Leasachadh Susbaint agus Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh agus air

a thaiceachadh leis a' Mhanaidsear Gnìomhachais agus am Manaidsear Gàidhlig & Gnothaichean Corporra agus manaidsearan eile.

Bidh an SAS a' coinneachadh co-dhiù gach cola-deug gus sùil a chumail air cur an sàs a' Phlana Obrachaidh bhliadhna, gus dèiligeadh ri cùisean ionmhais agus gus dèiligeadh ri cùisean gnothachais is luchd-obrach. Co-dhiù gach mìos, bidh an SAS a' beachdachadh air na cunntasan riaghlaidh, an aithisg slàinte is sàbhailteachd agus dàta dèanadais a rèir nan nithean a tha air am mìneachadh sa Phlana Obrachaidh.

Gach trì mìosan bidh an SAS a' beachdachadh air aithisgean ràitheil foirmeil air dèanadas gnìomhachais, ionmhais agus luchd-amhairc. Bidh aithisgean agus cunntasan gan ullachadh airson a' Bhùird agus bidh an SAS a' cumail taisbeanadh dèanadais ràitheil airson buill a' Bhùird ath-sgrùdadh agus beachdachadh orra.

Tha e an urra ris an SAS dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ris a' Phlana Riaghlaidh Àrainneachdail agus planaichean gnìomh leantainneach. Bidh an SAS a' faighinn aithisgean cunbhalach air cùisean HR agus Slàinte is Sàbhailteachd. Bithear ag ùrachadh teisteanasan Slàinte is Sàbhailteachd airson a h-uile togalach sa bheil MG ALBA gach bliadhna agus bidh aithisg ga chur chun a' Bhùird.

Gnothachas

Tha an Lèirmheas Ghnìomhan & Ghnothaichean a' mìneachadh mion-fhiosrachadh mu gnothaichean cudromach ris an deach dèiligeadh sa bhliadhna.

Standards, systems and controls

MG ALBA is committed to high standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provides the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters to the members that require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

In the year MG ALBA started to develop an Assurance Framework to enhance strategic management of risk.

The Executive

MG ALBA's Scheme of Delegation and Administration sets out the authority that is delegated to officers.

The Board appoints the Chief Executive, who is responsible for ensuring the propriety, regularity and value for money of MG ALBA's

expenditure. The Chair is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA activities.

The Chief Executive has overall responsibility for ensuring that good governance regarding Risk Management is properly discharged and that the Board and its committees have sufficient assurance that key strategic risks are being appropriately managed.

The senior executive team, the Sgioba Àrd-stiùiridh (the Senior Management Team or "SAS"), comprises the Chief Executive, the Director of Multiplatform Content, the Director of Content Additionality and the Director of Strategy and External Affairs, and is supported by the Senior Business Manager, Accountant, Corporate Affairs & Gaelic Manager and other managers.

The SAS meets at least fortnightly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, to deal with financial affairs and to address other business and staff matters. At least monthly, the SAS considers the management accounts, health and safety report and performance data by reference to the parameters set out in the Operational Plan.

Every three months the SAS considers formal quarterly reports on business, financial and audience performance. Reports and accounts are prepared for the Board and the SAS holds a quarterly results presentation for Board members to review and discuss those.

The SAS is responsible for ensuring compliance with the Environmental Management Plan and ongoing

action plans. The SAS receives regular reports on HR and Health and Safety matters. Health and Safety certificates for all MG ALBA premises are renewed annually and a report sent to the Board.

Business

The Activities and Business Review sets out the details of significant business dealt with in the year.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

AITHRISAN IONMHASAIL AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2022

	Duilleag
Clàr-innse	
Aithris air Dleastanasan a' Bhùird	56
Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich gu na Buill	58
Aithris air Teachd-a-steach Iomlan	66
Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail	68
Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas	70
Aithris air Sruthan-airgid	72
Notaichean ris na h-Aithrisean Ionmhasail	74

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

FINANCIAL STATEMENTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2022

	Page
Contents	
Statement of the Board's Responsibilities	57
Independent Auditor's Report to the Members	59
Statement of Comprehensive Income	67
Statement of Financial Position	69
Statement of Changes in Equity	71
Statement of Cash Flows	73
Notes to the Financial Statements	75

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG AITHRIS AIR DLEASTANASAN A' BHÙIRD

Tha uallach air a' Bhòrd an Aithisg Bhlidhail agus na h-aithrisean ionmhasail ullachadh ann an co-rèir ris an lagh agus riaghailtean iomchaidh.

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riathanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh. Fon Achd sin tha am bòrd air aithrisean ionmhasail na Seirbheis ullachadh, a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Aithris air Cunntasachd (IFRSan) a rèir mar a tha iad air an gabhail leis an Rìoghachd Aonaichte agus lagh iomchaidh. Fon Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh) chan fhaod am Bòrd na h-aithrisean ionmhasail aontachadh mura h-eil iad riaraichte gu bheil iad a' toirt sealladh fìor agus cothromach air suidheachadh na Seirbheis agus prothaid no call na Seirbheis airson na h-ùine sin.

Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail seo, tha uallach air a' bhòrd a bhith:

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd iomchaidh agus gan cur an gnìomh gu cunbhalach;
- a' dèanamh breithneachaidhean agus tuairmsean cunntasachd a tha reusanta agus ciallach;
- ag innse an deach IFRSan mar a chaidh gabhail riutha leis an Rìoghachd Aonaichte a leantainn, le ùmhlachd do imeachd susbainteach sam bith a chaidh fhoillseachadh agus a mhìneachadh anns na h-aithrisean ionmhasail;
- ag ullachadh na h-aithrisean ionmhasail air bunait gnìomhachais leantainneach mura bheil e iomchaidh gabhail ris gun lean an t-Seirbheis ann an gnìomhachas

Tha uallach air buill a' Bhùird clàraidhean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ìre mhath de chinnt aig àm sam bith obair ionmhasail na Seirbheise, agus a dh'fhoillsicheas an ìre mhath mionaideach aig àm sam bith suidheachadh ionmhasail na Seirbheise agus a nì e comasach dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd so-mhaoin na Seirbheise a dhìon agus ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaidh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise. Faodaidh reachdas anns an Rìoghachd Aonaichte a tha a' riaghladh ullachadh agus sgaoileadh aithrisean ionmhasail a bhith eadar-dhealaichte bho reachdas ann an uachdranasan eile.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- Chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- Tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

The Board is responsible for preparing the Annual Report and financial statements in accordance with applicable law and regulations.

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare financial statements for each financial year. Under that Act the board have prepared the Seirbheis' financial statements in accordance with International Financial Reporting Standards (IFRSs) as adopted by the United Kingdom and applicable law. Under the Broadcasting Act 1990 (as amended) the board must not approve the financial statements unless they are satisfied that they give a true and fair view of the state of affairs of the Seirbheis and the profit or loss of the Seirbheis for that period.

In preparing the financial statements the board are required to:

- select suitable accounting policies and then apply them consistently;
- make judgements and accounting estimates that are reasonable and prudent;
- state whether IFRSs as adopted by the United Kingdom have been followed, subject to any material departures disclosed and explained in the financial statements;
- prepare the financial statements on the going concern basis unless it is inappropriate to presume that the Seirbheis will continue in business.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that are sufficient to show and explain the Seirbheis' transactions and disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Seirbheis and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Seirbheis and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Seirbheis' website. Legislation in the United Kingdom governing the preparation and dissemination of financial statements may differ from legislation in other jurisdictions.

In so far as the members of the Board are aware:

- There is no relevant audit information of which the Seirbheis' auditors are unaware; and
- The members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditor is aware of that information.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH GU NA BUILL

Beachd

Rinn sinn sgrùdadh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (an t-Seirbheis) airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2022 a tha a' gabhail a-steach Aithris air Teachd-a-steach Iomlan, Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail, Aithris air Atharrachaidhean ann an Cothromas, Aithris air Sruthan-airgid; agus na Notaichean co-cheangailte, a' gabhail a-steach geàrr-iomradh air poileasaidhean cunntasachd cudromach. Tha frèam-obrach nan Aithrisean Ionmhasail a chaidh a chur an gnìomh san ullachadh aca a' tighinn a rèir an lagha iomchaidh agus Inbhean Eadar-nàiseanta air Cunntasachd (IASan) ris an do ghabh an RA a rèir feumalachdan An Achd Craolaidh 1990.

Nar beachd-ne tha na h-aithrisean ionmhasail:

- a' toirt sealladh fìor agus cothromach air cor ghnòthaichean na Seirbheise mar aig 31 Màrt 2022, agus airson an easbaidh airson na bliadhna sin a dhùin;
- air a bhith air an ullachadh gu ceart a rèir Inbhean Eadar-nàiseanta Cunntasachd (IASan); agus
- air a bhith air an ullachadh a rèir riatanasan Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003).

Bun-stèidh ar beachd

Rinn sinn ar sgrùdadh a rèir Inbhean Sgrùdaidh Eadar-nàiseanta (RA) (ISAan (RA)) agus lagh iomchaidh. Tha an tuilleadh fiosrachaidh mu ar n-uallaichean fo na h-inbhean sin san earrann de ar n-aithisg air dleastanas an Luchd-sgrùdaidh airson nan aithrisean ionmhasail. Tha sinn neo-eisimeileach bhon t-Seirbheis a rèir an riatanas a tha oirnn a bhith cumail ris na h-inbhean beusail a tha bunaiteach do ar sgrùdadh de na cunntasan san RA, nam measg Cleachdaidhean Beusail an FRC agus tha sinn air ar dleastanas beusail eile a choileanadh a rèir nan riatanasan seo. Tha sinn den bheachd gu bheil am fianais sgrùdaidh a fhuair gu leòr agus iomchaidh gus bun-stèidh ar beachd a chur an cèill.

Co-dhùnaidhean mu bhun-chùis a tha a' dol

Ann a bhith a' sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail, thàinig sinn chun cho-dhùnadh gu bheil cleachdadh nam ball de bhun-chùis a tha a' dol ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail iomchaidh.

Stèidhichte air an obair a rinn sinn, cha do lorg sinn mì-chinnt sam bith co-cheangailte ri tachartasan no cumhachan a dh'fhaodadh, leotha fhèin no còmhla, teagamh mòr a chuir air comas na Seirbheis cumail a' dol mar ghnìomhachas leantainneach airson ùine de dhusan mìos co-dhiù bho nuair tha na h-aithrisean ionmhais ùghdarraichte airson an cur a-mach.

Tha na dleastanasan againn agus dleastanasan nam ball a thaobh gnothach leantainneach air am mìneachadh anns na h-earrannan iomchaidh den aithisg seo.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

INDEPENDENT AUDITOR'S REPORT TO THE MEMBERS

Opinion

We have audited the financial statements of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (the 'Seirbheis') for the year ended 31 March 2022 which comprise the Statement of Comprehensive Income, the Statement of Financial Position, the Statement of Changes in Equity, the Statement of Cash flows and the Notes to the Financial Statements, including significant accounting policies. The financial reporting framework that has been applied in their preparation is applicable law and UK-adopted International Accounting Standards (IAS) in conformity with the requirements of The Broadcasting Act 1990.

In our opinion the financial statements:

- give a true and fair view of the state of the Seirbheis' affairs as at 31 March 2022 and of its deficit for the year then ended;
- have been properly prepared in accordance with UK-adopted International Accounting Standards (IAS); and
- have been prepared in accordance with the requirements of the Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003).

Basis for opinion

We conducted our audit in accordance with International Standards on Auditing (UK) (ISAs (UK)) and applicable law. Our responsibilities under those standards are further described in the Auditor's responsibilities for the audit of the financial statements section of our report. We are independent of the Seirbheis in accordance with the ethical requirements that are relevant to our audit of the financial statements in the UK, including the FRC's Ethical Standard, and we have fulfilled our other ethical responsibilities in accordance with these requirements. We believe that the audit evidence we have obtained is sufficient and appropriate to provide a basis for our opinion.

Conclusions relating to going concern

In auditing the financial statements, we have concluded that the members' use of the going concern basis of accounting in the preparation of the financial statements is appropriate.

Based on the work we have performed, we have not identified any material uncertainties relating to events or conditions that, individually or collectively, may cast significant doubt on the Seirbheis' ability to continue as a going concern for a period of at least twelve months from when the financial statements are authorised for issue.

Our responsibilities and the responsibilities of the members with respect to going concern are described in the relevant sections of this report.

Fiosrachadh eile

Tha uallach air buill airson an fhiosrachaidh eile. Tha am fiosrachadh eile a' gabhail a-steach am fiosrachadh san aithisg bhliadhnail, a thuilleadh air na h-aithrisean ionmhasail agus aithisg an luchd-sgrùdaidh orra sin. Chan eil ar beachd-ne air na h-aithrisean ionmhasail a' gabhail a-steach am fiosrachadh eile agus, a thuilleadh air na nithean sònraichte nar n-aithisg, chan eilear a' toirt dearbhadh sam bith air na nithean seo.

Is e ar dleastanas am fiosrachadh eile a leughadh agus, ann a bhith a' dèanamh seo, tha sinn fo uallach beachdachadh a bheil mì-chòrdadh cudromach san fhiosrachadh a thaobh nan cunntasan no a bheil an t-eòlas a fhuair sinn san sgrùdadh no eile air aithris gu ceàrr. Ma dhearbhas sinn mì-aithrisean cudromach no rudan a dh'fhaodadh a bhith nan nithean mì-aithris cudromach, tha sinn fo uallach dèanamh a-mach a bheil mì-aithris cudromach sna h-aithrisean ionmhasail no mì-aithris san fhiosrachadh eile. Ma tha sinn, tron obair a nì sinn, a' co-dhùnadh gu bheil mì-aithris cudromach den fhiosrachadh eile seo, tha sinn fo uallach sin innse.

Chan eil dad againn ri aithris mu na gnothaichean seo.

Beachdan air cùisean eile

Nar beachd-ne, stèidhichte air an obair a chaidh a dhèanamh rè an sgrùdaidh:

- tha am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad san Aithisg Bhliadhnail airson na bliadhna ionmhais airson a bheil na h-aithrisean ionmhasail air an ullachadh a rèir nan aithrisean ionmhasail; agus
- gun deach an Aithisg Bhliadhnail ullachadh a rèir riatanasan laghail iomchaidh.

Cùisean air am feum sinn aithris mar eisgeachd

Mar thoradh air an eòlas agus an tuigse air an t-Seirbheis agus an àrainneachd a fhuaras rè an sgrùdaidh, cha do lorg sinn aithrisean ceàrr san Aithisg Bhliadhnail.

Chan eil dad againn ri aithris a thaobh nan cùisean a leanas a bhios sinn ag aithris dhuibh ma tha, nar beachd:

- nach deach clàran cunntasachd iomchaidh a chumail, no cha d' fhuair eadhon freagairtean iomchaidh airson an sgrùdadh againn bho mheuran air nach do thadhail sinn; no
